Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis
Dihaoine 1 Màrt 2019 @ 11:30m

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis, Dihaoine 1mh Màrt 2019 bho 11.30m

Clàr Chùisean

1.2019.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Dreach gheàrr-chunntas coinneamh de Bhlas Earranta	Airson Fiosrachaidh

1.2019.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Blas 2019	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Fèisgoil	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	5 Latha	Aithris airson Fiosrachaidh
(e)	Tasgadh: Stòras nan Ealan Dùthchasach	Airson Fiosrachaidh
(f)	Lèirmheas Bliadhnail Alba Chruthachail	Airson Aontachaidh
(g)	Iarrtas Ballrachd	Airson Aontachaidh
(h)	Fuaran: Taisbeanadh bho Karen Oakley	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

1.2019.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2018-19	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh às ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2018	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2018-19	Airson Fiosrachaidh
(e)	Dreach Bhuidseat 2019-20	Airson Aontachaidh
(f)	Tabhartasan nam Fèis 2019-20 (Molaidhean)	Airson Aontachaidh
(g)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(h)	Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2019	Aithris airson Aontachaidh

1.2019.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh

1.2019.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Molaidhean air àite airson Co-labhairt 2019	Aithris airson Deasbaid agus Aontachaidh

1.2019.06 EILE

(a)	Dearbhadh air ceann-latha na h-ath choinneimh: 17 Cèitean 2019	Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail san Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis air Dihaoine 7 Dùbhlachd 2018 bho 11.30m

4.2018.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Kirsteen Ghreumach (Cathraiche), Seòras Stoddart, Cailean Sandilands, Anna Mhoireach, Raibeart MacFhionghuin, Donnchadh MacNèill (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (a' frithealadh), Anne Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh) agus Moreen Pringle (a' frithealadh)

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar-aon.

(b) Leisgeulan

Anna NicAmhlaigh, Sarah-Jayne Shankland, Ealasaid NicIlleBhàin, An Comhairliche Iain A MacÌomhair (CNES), Mòrag Anna NicLeòid Mitchell (Comhairle na Gàidhealtachd), Màiri Bhochanan (HIE) agus Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail)

Chuir Kirsteen fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh

- Thuirt i gun robh smaointean a' Bhùird leis an neach-obrach Nicola Simpson agus a teaghlach às dèidh bàs a màthar.
- Rinn i luaidh cuideachd air Jim Morrison nach maireann (fear a bha na Bhall de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal aig aon àm).
- Chaidh meal-a-naidheachd a chur air an teaghlach aig Art MacCarmaig cuideachd às dèidh dhaibh soirbheachadh aig a' Mhòd agus aig Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba o chionn ghoirid. Cuideachd, bha tòrr dhaoine a bhios a' gabhail pàirt, no a tha air pàirt a ghabhail, sna Fèisean an sàs ann an Duaisean na bliadhna seo no a fhuair aithne aig na Duaisean.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 28 Sultain 2018 a sgaoileadh.

Mhol Raibeart MacFhionghain gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Seòrsa Stoddart a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann air nach bite a' bruidhinn fo phuing eile air clàr-gnothaich na coinneimh.

4.2018.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Chaidh aithisg, a chaidh ullachadh le Art MacCarmaig, a sgaoileadh le fios air an adhartas a rinneadh san dàrna ràith de 2018-19 gu 30 Sultain 2018, agus thugadh fa-near dhi.

Bhruidhinn Art air na cùisean a leanas:

- CS13 – cha d' fhuaras gin a dh'iarrtasan bho na Fèisean airson taic bho Sgioba G. Ge-tà, chaidh taic le Gàidhlig a thabhann do na Fèisean agus cothrom aca air cuideachadh le postairean, sanasan, brathan air na meadhanan sòisealta msaa. Thuirt Donnchadh MacNèill gum biodh e toilichte na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal a chuideachadh ann an dòigh sam bith a b' urrainn dha airson dèanamh cinnteach gun cumadh iad orra a' cur prìomhachas air a' Ghàidhlig. Chaidh aontachadh gun robh Poileasaidh Gàidhlig làidir aig Fèisean nan Gàidheal agus gum feumamaid dèanamh cinnteach gu bheil na Fèisean a' dèanamh feum dheth agus a' cumail ris.
- CS19 – Tha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air a bhith a' bruidhinn ri buidheann a tha an dòchas Fèis ùr a stèidheachadh ann an Siorrachd Pheairt. Tha iad an dùil comataidh a chur air bhonn tràth sa bhliadhn' ùir agus iarrtas a chur a-steach airson ballrachd aig Coinneamh a' Bhùird sa Ghearran. Thuirt Seòrsa Stoddart gum biodh Fèis Fhoirt deònach taic is comhairle a thoirt dhaibh.

- CS54 – Tha Val Bryan ag obair air òrain is ceòl a chlàradh bho na leabhraichean, 'Ceòl nam Fèis', a thèid a chleachdadh mar phàirt de e-Leabhar didseatach a bhios ga reic mar fhaidhle a ghabhas a luchdachadh a-nuas;
- CS56 – Chaidh naodhnar dhaoine ùra a thaghadh airson an ath Fhuaran. Bidh iad a' coinneachadh thairis air an ath mhìos no dhà agus tòisichidh iad an uair sin a' rannsachadh is a' cruinneachadh òrain sna sgìrean aca fhèin nas fhaide air a' bhliadhna.

(b) Blas 2018

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le tuilleadh fiosrachaidh do Bhuill a' Bhùird air mar a chaidh do Bhlas 2018.

San aithisg, bha fios air beachdan a fhuaras ann an ceisteachain a fhreagair luchd-èisteachd. Uile-gu-lèir, bha 10,373 an sàs san fhèis no a' frithealadh oirre agus bha 92% den luchd-èisteachd riaraichte leis na tachartasan far an robh iad an làthair. Chaidh fiosrachadh mu bhuidseat Bhlas a sgaoileadh cuideachd.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh mun fhèis agus don bhuidseat gu 29 Samhain 2018.

(c) Fèisgoil

Chaidh aithisg le Eilidh NicCoinnich a sgaoileadh le fiosrachadh as ùr air pròiseactan Fèisgoil eadar an t-Sultain agus an Dùbhlachd.

Bha am Panto air chuairt aig an àm agus bhathar a' dol ga shealltainn don phoball sna Ironworks ann an Inbhir Nis air 13 Dùbhlachd.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus don taghadh fharsaing de thachartasan a bha a' tachairt le Fèisgoil.

(d) Tasgadh: Tabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh air an dàrna cuibhreann de thabhartasan a chaidh aontachadh san Dàmhair. Thugadh fa-near do mar a chaidh tabhartasan luach £8,317 a thabhann do 10 tagraichean.

B' e an ath cheann-latha airson iarrtasan, 1 Gearran 2019.

(e) Sgrùdadh Bliadhnail Alba Chruthachail

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fios do na Buill air an sgrùdadh bhliadhnail a rinn Alba Chruthachail air an obair againn, agus thugadh fa-near dhi.

4.2018.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is Cosgaisean 2018-19

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' shealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 29 Samhain 2018.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £7,242.79
- Cunntas Àrd-rèidh: £477,348.30
- Cunntas Bhlas: £4,960.88
- An t-Urras Leasachaidh: £8,825.07

Thugadh fa-near gun robh deagh chuid airgid sa chunntas àrd-rèidh oir bha sinn air a' chuid as motha den mhaoineachadh againn airson na bliadhna fhaighinn, ach bha againn fhathast ri suimeannan mòra a phàigheadh airson tabhartasan is pròiseactan thairis air na mìosan ri thighinn.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2018

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2018, a bha air an ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) **Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2018-19**

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2018-19 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 16 Samhain, agus thugadh fa-near dhi.

(e) **Aontaidhean Maoineachaidh**

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fios as ùr do na Buill air an t-suidheachadh a bh' ann a thaobh nam prìomh aontaidhean maoineachaidh aig a' bhuidhinn.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

4.2018.04 **LUCHD-OBRACH**

Fios as ùr

(a)

- Mar a chaidh innse roimhe, chan eil Oifigear Leasachaidh sna h-Eileanan Siar an-dràsta. Bha Art is Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air coinneachadh ri riochdairean bho na Fèisean sna h-eileanan o chionn ghoirid gus bruidhinn air na bha dhìth orra, na prìomhachasan aca agus air an t-slighe air adhart. Chan urrainnear co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh a bhith a' fastadh neach làn-thìde airson na dreuchd seo gus am faighear soilleireachadh bho CnES air a' mhaoineachadh aca. San eadar-àm, cumaidh Calum Ailig is Art orra a' toirt taic do na Fèisean agus bhathar an dòchas gun dèanar co-dhùnadh tràth sa bhliadhn' ùir.
- Chaidh a chomharrachadh gu bheil feum air Oifigear Phròiseactan Sònraichte airson Fèisean nan Gàidheal, agus dh'aontaich am Bòrd Stiùiridh gum faodar sanasan a sgaoileadh airson na dreuchd seo agus bhathar an dòchas gun deigheadh neach fhastadh sa bhliadhn' ùir.
- Bha taic rianachd cuideachd a dhìth air Fèisgoil ann an Inbhir Nis bho àm gu àm (airson rudan leithid a bhith a' cur cuairtean dràma air dòigh timcheall sgoiltean) agus chaidh aontachadh gun gabhadh an taic sin a chur air dòigh tro chùmhnantan goirid a thèid a thoirt seachad nuair a bhios feum orra.

4.2018.05 **CÙISEAN GNÌOMHACH**

(a) **Aithisgean Adhartais Luchd-obrach**

Chaidh Aithisgean Adhartais an Luchd-obrach a sgaoileadh. Thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh agus thug iad taing don a h-uile duine airson na h-obrach cruaidh a rinn iad.

Thug Art taing shònraichte do Anne is Moreen airson na h-obrach a rinn iad ann a bhith a' cur na Coinneimh Bliadhnail is na Co-labhairt air dòigh san t-Sultain agus don a h-uile neach-obrach airson na rinn iad rè bliadhna a bha air a bhith anabarrach trang, gu h-àraidh leis an obair a bharrachd a rinneadh an lùib nan tachartasan airson Bliadhna na h-Òigridh.

(b) **Stòr-dàta Ùr**

Thuirt Art gun robh Donna NicRath air Stòr-dàta ùr a chruthachadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus gun robh an luchd-obrach air trèanadh fhaighinn ann a bhith ga chleachdadh. Tha e furasta a chleachdadh, agus 's e as cudromaiche, gu bheil e a' cumail ris an GDPR. Bidh cothrom aig oidean air na clàran-fiosrachaidh aca fhèin agus 's urrainn dhaibh an ùrachadh. Tha diofar ìrean inntrigidh ann airson dèanamh cinnteach gum bi cùisean dìomhair co-cheangailte ri luchd-obrach is clàran PVG air an cumail tèarainte.

Thugadh taing do Moreen agus Sandy a bha air a bhith trang a' cur fiosrachadh don stòr-dàta ùr.

(c) **Ballrachd a' Bhùird**

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gun deigheadh sanasan a sgaoileadh airson dithis Bhall Bùird ùr a bha a dhìth. Chaidh sin a dhèanamh, ach gu mì-fhortanach cha robh duine air an ainm a chur air adhart airson a bhith nam Ball.

Às dèidh deasbad air a' chùis, chaidh aontachadh gun deigheadh iarraidh air daoine aig am biodh ùidh 's dòcha ann a bhith nam Ball tighinn gun choinneimh sa Mhàrt feuch am faic iad dè na dleastanasan a bhiodh orra mar Bhall agus cò ris a tha na coinneamhan coltach, oir dh'fhaodadh sin daoine a bhrosnachadh gu bhith a' dol nam Buill.

(d) **Plana airson Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail agus Plana airson Carbon a Lùghdachadh**

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le lethbhreac do na Buill na cois den Phlana Ghnìomh airson CII airson 2018-21 agus lethbhreac den Phlana airson Carbon a Lùghdachadh 2018-21 ris an robh Alba Chruthachail air aonta a chur a-nis.

Thugadh taing do dh'Art agus Anne airson na h-obrach a rinn iad ann a bhith gan ullachadh.

4.2018.06 **EILE**

(a) **Cinn-latha nan coinneamhan airson 2019**

Chaidh aontachadh na coinneamhan a leanas a chumail:
Dihaoine 1 Màrt 2019
Dihaoine 17 Cèitean 2019
Dihaoine 27 Sultain 2019
Dihaoine 6 Dùbhlachd 2019

Thuirt Donnchadh MacNèill gum biodh fàilte mhòr ron Bhòrd coinneachadh aig an ionad Furan, san Òban uair sam bith agus chaidh aontachadh coimhead air sin feuch an gabhadh coinneamh a chumail ann sa Chèitean.

Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Blas Earranta
Dihaoine 7mh Dùbhlachd 2018 @ 2f
Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis

Meeting of the Board of Blas Festival Ltd
Friday 7 December 2018 @ 2pm
Kingsmills Hotel, Inverness

Dreach Gheàrr-chunntas | Draft Minutes

B1.2018.01 **An làthair**
Present

George Stoddart (Chair), Arthur Cormack (Company Secretary) and Calum Macmillan (Director)

B1.2018.02 **Leisgeulan**
Apologies

Cllr Margaret Paterson, Cllr Duncan MacPherson and Cllr Kirsteen Currie (apologies received after the meeting)

B1.2018.03 **Geàrr chunntas na coinneimh mu dheireadh**
Minutes of previous meeting

Draft minutes of the meeting held on 23 November 2017 had been circulated and were adopted as a true record.

B1.2018.04 **Cunntasan Bliadhnail Sgrùdaichte gu 31.03.18**
Audited Accounts to 31.03.18

Audited Accounts to 31.03.18 had been circulated and were noted by the directors present, proposed by Calum Macmillan and seconded by George Stoddart.

B1.2018.05 **Cùmhnant Lìbhrigidh Comhairle na Gàidhealtachd 2018-19**
Highland Council Service Delivery Contract 2018-19

It was noted that Fèisean nan Gàidheal had not received a Service Delivery Contract for 2018-19 although the sum of £65,885 had been received towards the costs of the festival.

The lack of a formal agreement meant it was impossible for Fèisean nan Gàidheal to report on any outcomes required by The Highland Council in respect of its contribution.

B1.2018.06 **Toraidhean Blas 2018 agus Buidseat 2018-19**
Outcomes from Blas 2018 and 2018-19 Budget

A paper, prepared by Calum Macmillan, outlining outcomes from the 2018 Blas Festival had been circulated along with an update on the budget to 29 November 2018.

Directors noted the outcomes and the success of the festival, in particular the Year of Young People 2018 events. Thanks were recorded to Cllr Kirsteen Currie for volunteering to get involved in the Òran Mòr event at the Northern Meeting Park.

B1.2018.07 **Maoin Comhairle na Gàidhealtachd 2019 air adhart**
Highland Council Funding from 2019 onwards

The Company Secretary gave an outline of a meeting he had attended, along with Calum Macmillan, at the invitation of Cllr Bill Lobban to discuss funding for the Blas Festival.

It was noted that while there appeared to be no plans to reduce funding for Blas, the ultimate decision would depend on the budget settlement received by The Highland Council from the Scottish Government.

It had been hoped to discuss how council members and our lead officer could be equipped to help champion the Blas Festival in the context of budget setting. However, in the absence of representation from The Highland Council, such a discussion did not take place.

B1.2018.08 G I S B E

A O C B

There being no further business, the meeting ended at 2:30pm.

B1.2018.09 Ceann-latha na h-ath choinneamh

Date of next meeting

There was no date proposed for a further meeting. However, it was concluded that a conversation was required with leaders of The Highland Council regarding the desirability for, and future viability of, a joint board of Blas Festival Ltd.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne 2018-19 suas gu 31 Dùbhlachd 2018.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Cuideachd, tha na dathan a leanas a' dèanamh ceangal eadar gach buil agus raointean leasachaidh bhon Phlana Pròraim aig Fèisean nan Gàidheal airson 2015-20:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean.		Gu deireadh R3, bha trì tabhartasan air aontachadh - gu Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Òigridh na Mara agus Fèis an Tairbeirt – luach £2,730 gu h-iomlan.	
AC2	Ma bhios maoin gu leòr ann, taic ro-innleachdail a thoirt do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois.		Chaidh £16,850 a thabhann do dh'Fhèis Spè gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.		Chaidh coimisean airson ceòl ùr a dheasachadh airson Blas. An dèidh do-fharpais chuis Mischa Nic a' Phearsain *Bho Èirigh gu Laighe na Grèine* ri chèile.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.		Chaidh òran ùr a sgrìobhadh le Eilidh NicChoinnich don òigridh bho Feìsean nan Eilean Siar a ghabh pàirt aig Fèis Chèilteach Innse Gall a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh 2018.	

			Chaidh coimisean ùr a thoirt do Robbie MacLeòid òran ùr a sgriobhadh a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh 2018. Chaidh *Beo an Dòchas* a ghabhail fad is farsaing le òigridh. Bha an t-òran ri chluinntinn air a' phrògram 'Bliadhna na h-Òigridh @ Blas', a chaidh a chraobh-sgaoileadh air BBC ALBA air 29 Dùbhlachd. Tha planaichean ann airson cùrsa ann an sgrìobhadh òrain ùra Ghàidhlig tràth ann an 2019.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra.		Faicibh AC3 agus AC4. Le taic-airgid bho Thorntons Investments bidh cothrom ann *Bho Èirigh gu Laighe na Grèine* a chlàradh.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh.		Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail ann am Port Rìgh eadar 2 agus 14 luchar le 12 com-pàirtiche. Bha dà thaisbeanadh poblach ann de *Call na h-Iolaire*, anns a' Phloc agus ann an Cille Mhoire.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aif na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.		Chaidh £217,925 a thabhann do 46 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus chaidh aire luchd-eagrachaidh a tharraing gu ìrean pàighidh Aonadh an Luchd-chiùil le moladh gluasad gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Tha iarrtas mòr ann fhathast air ionnstramaidean nuair a tha na Fèisean a' tachairt, agus tha grunn dhiubh air mhàl aig amannan eile le teachd a-steach bhuapa.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.		Tha an sgeama seo ga stiùireadh bho ar prìomh oifis agus tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh deuchainnean 'foillseachaidh' (*disclosure*) airson Fèisean le 98 dhiubh gu deireadh R3.	
AC10	Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan.		Gheibhear maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Bha taic a dhìth air 5 Fèisean gu deireadh R3.	
AC11	Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.		Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh a' conaltradh gu cunbhalach ris na Fèisean a tha an urra riutha. Ann an co-bhonn ri Fèis Rois agus Fèis Phàislig chuir sinn cruinneachadh air dòigh ann an Peairt air 13 Cèitean far an deach togail air iomadh cuspair. Chaidh ar coinneamh agus co-labhairt bhliadhnail air adhart san t-Sultain, ann an Glaschu, far an robh cothrom againn còmhraidhean a chumail le luchd-eagrachaidh nam Fèisean air grunn chuspairean. Choinnich an Ceannard agus Manaidsear Leasachaidh ri Fèisean nan Eilean Siar san t-Samhain airson còmhradh mun taic a tha a dhìth orra fhad 's nach eil Oifigear Leasachaidh ann an dreuchd.	
AC12	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig).		Thug sinn taic le oide do sgoiltean Earra Ghàidheil agus chum sinn fèis dràma ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich le latha taisbeanaidh ann an Sabhal Mòr Ostaig. Dh'obraich sinn cuideachd le Eden Court gus dealbhan-cluiche a thaisbeanadh bho sgoilearan Steòrnabhaigh agus Inbhir Nis.	

			Bidh Meanbh-Chuileag a' crìochnachadh turas nan sgoiltean tràth sa bhliadhn' ùire.
AC13	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G.		Cha robh taic a dhìth ach bho aon Fhèis gu deireadh R3 ged a chaidh seo a thabhann do na Fèisean air fad.
AC14	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean.		Chaidh ar n-iomairt ro-sgoile, Hùb Hàb, do 19 sgoiltean. Bha 749 sgoilearan an sàs.
AC15	Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.		Chaidh Meanbh-Fhèis air adhart ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh aig deireadh an Ògmhios – tachartas bliadhnail a tha a' toirt buaidh air taghaidhean cànain a-measg òigridh na sgoile.
AC16	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.		Bidh co-dhiù aon chuirm phoblach aig gach Fèis - bidh a dhà aig a' mhòr-chuid - agus gheibh iad sin taic bhon Sgeama Thabhartasan.
AC17	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta às leth Alba Chruthachail.		Bidh Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bha an dàrna ceann-là de thrì airson an sgeama ann an 2018-19 air 28mh Dàmhair.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh			
AC18	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Chaidh £13.2k a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, 1.0 dreuchd Ionann ri Làn-thìde (ILT).
AC19	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.		'S i Fèis Chille Bhrìghde an Ear as ùire a ghabh ballrachd sa bhuidhinn agus chuir iad a' chiad tachartas aca air dòigh san t-Sultain. Tha ùidh air nochdadh, cuideachd, bho bhuidheann ann an Obar Pheallaidh agus chaidh coinneamh a chumail riutha san t-Samhain.
AC20	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Bidh ar Prìomh Oifigear Leasachaidh a' dol gu coinneamhan den Bhuidhinn-stiùiridh aig Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd agus bidh sinn ag obair còmhla riutha air pròiseact son Bliadhna na h-Òigridh 2018 ann an toglaichean Urras Nàiseanta na h-Alba.
AC21	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Chaidh pròg ram Fèis Bhlas 2018 fhoillseachadh tràth san luchar agus chaidh an fhèis a chumail eadar 7 is 15 Sultain. A bharrachd air farsaigneachd de thimcheall air 70 tachartas ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar, bha dà thachartas ann gu sònraichte a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh 2018 – Ceòl nam Fèis agus Òran Mòr. Chaidh coimisean ùr a thoirt do Mhischa Nic a' Phearsain agus lìbhrig i ceithir cuirmean fon ainm *Bho Èirigh gu Laighe na Grèine*.
AC22	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig.		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean agus an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san luchar, tha na dhà dhiubh nan tachartasan còmhnaidheach air an cumail sa Ghàidhlig. Bha planaichean againn airson 5 Latha nan Oileanach ach tha e air a bhith gu math doirbh àm freagarrach den bhliadhna a chomharrachadh airson seo a chur air dòigh.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile			

AC23	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.		Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh againn a' toirt taic do ghrunn Fhèisean. Tha an sgioba sùbailte nan obair agus bheir iad taic do chàch a chèile nuair a tha aon oifigear gu h-àraidh trang agus bidh iad a' gabhail stiùir air pròiseactan sònraichte leithid Cèilidhean air Chuairt no Fuaran. Tha iad an sàs ann an tòrr dhiofar leasachaidhean airson nam Fèisean.	
AC24	A' cruthachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.		Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòr-chuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Chaidh cuid dhuibh ùrachadh ann an 2018.	
AC25	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain.		Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca.	
AC26	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.		Ghabh 68 neach-eagrachaidh cothrom air trèanadh ann an 86 seiseanan. Bidh trèanadh eile ri fhaighinn aig àm sam bith nuair a bhios feum air.	
AC27	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.		Tha 65 seiseanan trèanaidh air a bhith ann don deichnear ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.	
AC28	Taic le sgrìobhadh chruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean sònraichte.		Bha sgrìobhadh cruthachail na phàirt de dh'obair na Sgoile Samhraidh Dràma a bha ga cumail san luchar. Tha planaichean san amharc airson òrain ùra a sgrìobhadh tràth ann an 2019.	
AC29	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh.		Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri Fèisean ionadail gus sgilean òigridh a leasachadh tro chlasaichean leantainneach, bùithtean-obrach agus sàr chlasiachean. Tha cothroman co-obrachaidh air dhol air adhart tro phròiseactan HYAH agus le Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba. Fhuair 39 com-pàirtichean anns na Cèilidhean air Chuairt cothrom air teisteanas PDA a thaobh sgilean taisbeanaidh agus làimhseachadh uidheamachd fhaotainn le taic bho Cholaiste Taobh Siar na Gàidhealtachd.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC30	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.		Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur thachartasan Gàidhlig air dòigh. Bha sealladh air cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig aig a' cho-labhairt bhliadhnail san t-Sultain 2018.	
AC31	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh.		Fhuair 7 Cèilidhean air Chuairt taic bhuainn ann an 2018. Chùm Fèis Rois 3 Cèilidhean air Chuairt a bharrachd, le maoineachadh fa leth.	
AC32	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Chaidh Blas air adhart eadar 7 agus 15 Sultain 2018. Faicibh AC21 gu h-àrd.	

AC33	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Fhuair sinn £110,000 bho EventScotland mu choinneimh prìomh thachartas a chur air dòigh airson Bliadhna na h-Òigridh 2018. Chaidh *Òran Mòr* air adhart aig Blas san t-Sultain. Chaidh pròg ram le cuid den luchd-ciùil bhon tachartas, cho math ri agallamhan le cuid de na com-pàirtichean, a chraoladh air BBC ALBA air 29mh Dùbhlachd.	
AC34	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, no far an gabhadh cothroman a chruthachadh.		Ghabh òigridh Feìsean nan Eilean Siar pàirt ann an taisbeanadh aig Fèis Chèilteach Innse Gall a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh 2018 le òran ùr a sgrìobh Eilidh NicChoinnich mar phàirt dheth. Ghabh am buidheann Guth nan Gael pàirt ann an Ceòl nam Fèis agus Òran Mòr aig Blas. Ghabh na Cèilidhean air Chuairt pàirt ann am Belladrum agus Blas agus bidh buidheann òigridh a' gabhail pàirt ann an cuirm air Celtic Connections san Fhaoilleach. Thug sinn taic ri Fèis Rois taisnbeanadh Albannach a chur air dòigh aig fèis chiùil Interceltique de Lorient san Lùnastal, le gu leòr a ghabh pàirt anns na Fèisean roimhe a' nochdadh sa phròg ram.	
AC35	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan.		Tha barrachd is barrachd der n-obair ga taisbeanadh sna meadhanan sòisealta agus tha grunn thachartasan rim faicinn a-nis air ar sianal YouTube. The cuid de chuirmean beò air a bhith air-loidhne – tachartas airson Fèis Rois agus trì cuirmean aig Blas nam measg cho math ri taisbeanaidhean 'Oidhche Challainn' le sgoiltean Gàidhlig na Gàidhealtachd. Chaidh a' chiad sreath de leasanan 'Oide' a chlàradh ach tha feum air tuilleadh obrach air làrach FèisTV mus bi iad air-loidhne.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC36	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.		Chaidh obair a dhèanamh le oidean air goireasan ùr *Aithris is Oideas* san Ògmhios.	
AC37	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.		Tha sreath de sheiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean air a chur air dòigh son na bliadhna ùire. Tha sinn a' rannsachadh chùrsaichean tro Cholaiste a' Chaisteil le dùil an tabhann cuideachd.	
AC38	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Tha sinn air a bhith co-obrachadh le buidheann de 14 deugairean co-cheangailte ri Bliadhna na h-Òigridh gu sònraichte, ged a bhitheamaid an dùil leantainn ris an dòigh obrach seo. Tha ceathrar dhuibh air a bhith an sàs gu cunbhalach ann an tachartasan Blas a chur air dòigh.	
AC39	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC38. Tha seo air a bhith glè mhath agus bu mhath leinn a chumail a' dol san àm ri teachd.	
AC40	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Fhuair sinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig airson Fuaran a leudachadh, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin a' togail nan sgilean sin. Chaidh chom-	

			pàirtichean a thrusadh agus thèid na seiseanan air adhart tràth sa bhliadhn' ùire.	
AC41	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.		Ghabh muinntir nan Cèilidhean air Chuairt pàirt ann an seachdain trèanaidh aig Fèis Alba san Iuchar, agus tachartasan trèanaidh ionadail deireadh-sheachdaineach ron sin.	
AC42	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Bha an trèanadh seo mar phàirt de dh'Fhèis Alba san Iuchar, agus cuiridh sinn tuilleadh trèanaidh air dòigh ma tha sin a dhìth.	
AC43	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.		Tha an t-seirbheis Fèisgoil air a bhith gu math trang fad na bliadhna le clasaichean Blasad Gàidhlig ann an sia sgìrean ùghdarrais agus leasanan ciùil air Ghàidhealtachd.	
AC44	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		The cùmhnant againn le High Life na Gàidhealtachd airson clasaichean ceòl traidiseanta a lìbhrigeadh anns gach sgoil an sgìre Chomhiarle na Gàidhealtachd rè 2018-19. Bha clann gan ullachadh airson mòdan ionadail agus, tro cho-obrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach, ruith sinn Acadamaidh a' Mhòid air thoiseach air Mòd Dhùn Omhain le 182 seiseanan ann an 11 sgoiltean agis 338 sgoilearan an sàs. Tha sinn an dùil taic a chumail ri Fèis Phàislig le stuthan-teagaisg airson a' chùmhnant ICO a bhios iad a lìbhrigeadh do Chomhairle Rinn Friù.	
AC45	Prògraman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC43.	
AC46	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Chaidh an sgeama ùr seo a stèidheachadh agus tha sinn an-dràsta a' trusadh dhaoine airson pàirt a ghabhail agus a' brosnachadh sgoiltean.	
AC47	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean agus ghabh 12 deugaire le Gàidhlig pàirt ann an grunn chur-seachadan ann an Gàidhlig.	
AC48	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.		Lìbhrig Aonghas MacLeòid 4 seiseanan trèanaidh fo luchd-teagaisg aig An t-Alltan san t-Sultain. Tha sinn a' brosnachadh luchd-teagaisg ann an sgoiltean far a bheil Blasad Gàidhlig ga lìbhrigeadh pàirt a ghabhail airson comas a thoirt dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh leis a' chloinn taobh a-muigh sheiseanan Fèisgoil.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC49	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Chaidh taic-airgid a bharrachd a thoirt do dh'Fhèis Tìr a' Mhurain gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan aig Fèis an Eilein Dhuirche agus HebCelt.	
AC50	Plana ùr Co-ionannachd, Iomadachd agus In-Ghabhail a chruthachadh airson 2018-21 a' togail air eòlas bho phlana 2015-18 a chur an gnìomh.		Bha sinn a' lìbhrigeadh ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail agus chaidh am plana ùr againn airson 2018-21 aontachadh le Alba Chruthachail san t-Sultain. Bidh sinn ga lìbhrigeadh san àm ri teachd.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				

AC51	A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.		Tha luchd-obrach, Buill a' Bhùird agus oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' clàradh sgaoilidhean gualain gu cunbhalach. Tha fiosrachadh a bharrachd againn mu sgaoilidhean gualain nar n-oifisean.
AC52	A' cruthachadh Plana Làimhseachadh Gualain airson 2018-21.		Chruthaich sinn plana airson smachd a chumail air sgaoilidhean gualain a-rèir ar n-aonta le Alba Chruthachail agus chaidh seo aontachadh le Creative Carbon Scotland agus Alba Chruthachail.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC53	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh a-nise. Tha sinn air trì cuairt-litrichean a dheasachadh ann an 2018-19 thuige seo, agus chaidh ans sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach. Bidh sinn a' cleachdadh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile gu didseatach.
AC54	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra.		Tha sinn air luchd-ciùil agus seinneadairean fhastadh airson nan leabhraichean Ceòl nam Fèis ath-fhoillseachadh ann an cruth didseatach.
AC55	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Tha adhartas air a bhith ann le goireasan ùra a sgaoileadh ann an cruth didseatach agus leasanan ciùil air-loidhne tro FèisTV.
AC56	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.		Tha sinn an dùil gum bi seinneadairean eile an sàs san aon seòrsa obrach seo tro Fhuaran. Tha aig na còmhlain Cèilidh air Chuairt ri rannsachadh a dhèanamh agus òrain Ghàidhlig agus fuinn a chleachdadh bhon sgìre dham buin iad.
AC57	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Tha seo deiseil agus thèid a chur gu seòl tràth sa bliadhn' ùire.
AC58	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan, gu h-àraid FèisTV.		Faicibh AC35. Bha sreath chuirmean air an sruthadh beò aig Blas 2018 agus tachartas aig Fèis Rois ron sin, cho math ri cuid de thaisbeanaidhean 'Oidhche Challainn.'

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/gleidheadh ILT (84.5/21)	66.4	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach gu sgìre HIE (£4.4m)	£1,008,806	Meudachadh san toradh ionmhasail (£360k)	£279,510	Luchd Saor-thoileach (640)	264
Tabhartasan do dh'Fèisean	£279,593	Tabhartasan Eile	£9.694	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	5,422	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean	12,321
Tachartasan Cultarach (1,441)	684	Prògraman trèanaidh le teisteanasan air an lìbhrigeadh (264)	78	Piseach air suidheachaidhean airson fàs ann an raointean obrach (1)	0	Bathar/slighean air an leasachadh	2
Seirbheisean stèidhichte no ùra a chaidh an leasachadh (3)	1	Pròiseactan com-pàirteachaidh le gniomhachasan cruthachail crìochnaichte (1)	0	Pròiseactan bun-structarail coimhearsnachdan crìochnaichte (2)	1	Buidhnean coimhearsnachd no daoine fa leth ann an sgìre HIE le comasan air an leasachadh (40)	11

Pròiseactan a tha a' cur ri eaconamaidh na Gàidhlig (1)	2	Toraidhean phoileasaidhean roinneil air an lìbhrigeadh (5)	2	Pròiseactan a' toirt taic don bhun-structar acadaimigeach (1)	0		
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean							
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil							
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.			Faicibh AC43 gu h-àrd.			
InG2	Cuairtean timcheall làraich eachdraidheil agus dùthchasail air feadh Alba.			Cha do thachair càil gu ruige seo.			
InG3	A' leudachadh phrògraman ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.			Faicibh AC14 gu h-àrd.			
InG4	Òrain Ghàidhlig agus dràma ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ga teagasg airson eòlas a thoirt do dh'òigridh air dualchas na Gàidhlig.			Faicibh AC15 agus AC44 gu h-àrd.			
InG5	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.			Faicibh AC22 gu h-àrd.			
InG6	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig ann am foghlam foirmeil.			Faicibh AC42 gu h-àrd.			
InG7	Eadar-theangachaidhean agus dearbhadh Gàidhlig do dh' Fhèisean.			Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean gu Gàidhlig gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.			
InG8	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.			Faicibh AC44 gu h-àrd.			
InG9	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.			Faicibh AC46 gu h-àrd.			
InG10	Prògraman Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean agus a-measg bhuidhnean poblach air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.			Faicibh AC43 gu h-àrd.			
InG11	Iomairt ùr a' cumail taic ri bùithtean-obrach dràma do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.			Chaidh taisbeanadh agus bùithtean obrach a chumail san t-Sultain do 428 sgoilearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean							
InG12	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.			Faicibh AC7 gu h-àrd.			
InG13	Taic leantainneach ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean.			Faicibh AC23 gu h-àrd.			
InG14	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh.			Faicibh AC2 agus AC19 gu h-àrd.			
InG15	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.			Faicibh AC49 gu h-àrd.			

InG16	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Faicibh AC8 gu h-àrd.	
InG17	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
InG18	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Faicibh AC54 gu h-àrd.	
InG19	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig, gu h-àraid mur a h-eil sin a' tachairt anns na Fèisean, agus a' cruinneachadh agus a' glèidheadh obair ealain ann an cruth didseatach.		Faicibh AC3 agus AC56 gu h-àrd.	
InG20	Taic shònraichte a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.		Faicibh AC10 gu h-àrd.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh				
InG21	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.		Faicibh AC36-37 gu h-àrd.	
InG22	Prògraman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stìuireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.		Faicibh AC26 gu h-àrd.	
InG23	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG24	A' cur taic ri sgeamaichean ùghdarraichte do dhaoine òga, leithid Duaisean Dhiùc Dhùn Èideann, Duaisean Ealain agus Duaisean Chrann na h-Alba.		Faicibh AC29 gu h-àrd.	
InG25	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
InG26	Cothroman coimeirsealta airson a leigeil le luchd-ealain cosnadh a dhèanamh à coimiseanan ùra.		Faicibh AC5 gu h-àrd.	
InG27	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Faicibh AC36 gu h-àrd.	
InG28	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Faicibh AC40 gu h-àrd.	
InG29	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC39 gu h-àrd.	
InG30	Ealla a ghabhail air sgilean agus cuspairean nach eil cho follaiseach anns na Fèisean, an leasachadh tro thachartasan sònraichte le èolaichean bhon roinn chruthachail, agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a sgaoileadh.		Ghabh an Ceannard pàirt ann an tachartas le XPO san t-Samhain far an robh seiseanan feumail mu Shluagh-mhaoineachadh, a' gabhail pàirt anns na gnìomhachasan cruthachail aig astar agus iomairt shoirbheachail dàimh poblach a stèidheachadh.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				

InG31	Taic a chumail ri Chèilidhean air Chuairt an t-samhraidh.		Faicibh AC31 gu h-àrd.
InG32	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas.		Faicibh AC21 gu h-àrd.
InG33	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Faicibh AC57 gu h-àrd.
InG34	Feum a dhèanamh de ghoireasan didseatach airson àireamhan luchd-frithealaidh fhàs, ma dh'fhaodte tro sheirbheis ùr airson tiogaidean a cheannach.		Chleachd sinn siostam air-loidhne airson tiogaidean Blas a reic a thug dhuinn cothrom conaltradh ri luchd-cleachdaidh. Chaidh stòr-data ùr a chruthachadh dhuinn, le companaidh air a' Ghàidhealtachd, agus tha fiosrachadh ann a leigeadh leinn conaltradh nas fheàrr ri luchd-cleachdaidh. Tha sinn air goireasan air-loidhne a chur air dòigh a ghabhadh a chleachdadh airson ar sgeama tabhartasan agus tha an obair a' leantinn airson adhartas a dhèanamh le ar dàimh ris na Fèisean a' cur feum air goireasan didseatach.
InG35	Taic a chumail ri cothroman còmhnaidheach ionnsachaidh cruthachail airson òigridh aig ìre sgìreil agus eadar-nàiseanta.		Faicibh AC22 gu h-àrd.
InG36	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail gach bliadhna.		Faicibh AC6 gu h-àrd.
InG37	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.		Faicibh AC22 gu h-àrd.
InG38	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Faicibh AC33 gu h-àrd.
InG39	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh.		Faicibh AC34 gu h-àrd.
InG40	FèisTV a leasachadh agus com-pàirteachas a thogail leis a' BhBC agus BBC Alba airson stuth a chruthachadh do sgrìn agus craobh-sgaoileadh.		Faicibh AC35 agus AC58 mu FèisTV. Bha pròg ram bho na tachartasan airson Bliadhna na h-Òigridh aig Blas air BBC Alba faisg air deireadh na bliadhna.
InG41	Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta a ruith às leth Alba Chruthachail.		Faicibh AC17 gu h-àrd.
Builean Bhòrd na Gàidhlig			
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.19.		Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh chunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean.
BnG2	Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.		Tha *Tac an Teine* a' dol air adhart gu cunbhalach le timcheall air 25 neach aig gach seisean. Chan eil ùidh air nochdadh ann an *Cofaidh is Còmhradh* ann am Port Righ aig an ìre-sa. Tha sinn an dùil coinneachadh uair sa mhìos ann an Inbhir Nis thairis air miosan a' gheamhraidh airson cearcall còmhraidh a stèdheachadh.

BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.19.		Chaidh a' chiad seisean trèanaidh cànain a chumail san Ògmhios agus seisean eile againn san t-Samhain.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.19.		Faicibh AC27 gu h-àrd.	
BnG5	A' toirt taic do co-dhiù 44 Fèis air feadh Alba, tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.19.		Faicibh AC7 gu h-àrd. Tha seo a' leantainn mar bu chòir le 47 Fèisean a-nis nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal. Chum Fèis Chille Bhrìghde an Ear a' chiad latha fèise aca san t-Sultain.	
BnG6	Fèis Bheag neo seiseanan tràth-bhliadhnaichean aig co-dhiù 6 Fèisean ro 31.03.19.		Suas gu deireadh R3 bha 18 Fèisean air seiseanan tràth-bhliadhnaichean a chumail.	
BnG7	Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.19.		Chaidh seo air adhart san Dùbhlachd le 29 taisbeanaidhean, 2 dhiubh poblach, agus 58 sgoiltean an sàs.	
BnG8	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.19.		Chaidh 188 bùithtean-obrach dràma a lìbhrigeadh suas gu deireadh R3.	
BnG9	Fèis Dràma a chur air adhart ann an co-bhonn ri Eden Court ma bhios airgead ann tro Sgeama Ealain na Gàidhlig.		Faicibh AC12 gu h-àrd.	
BnG10	Turas 6 seachdainean timcheall bhun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.19.		Thèid seo air adhart tràth ann an 2019 mar a bha sinn an dùil.	
BnG11	Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dhà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.19.		Chaidh seo air adhart aig àm Blas - dealbh-chluich eadar-obrachail mu Na Fuadaichean air a lìbhrigeadh leis an oifigear Dràma Gàidhlig againn, Aonghas MacLeòid. Uile gu lèir chaidh an daalbh-chluich a thaisbeanadh 17 tursan le 428 sgoilearean a' gabhail pàirt.	
BnG12	30 tachartas aig Blas 2018 le pròg ram coimhearsnachd is sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.		Faicibh AC21 gu h-àrd.	
BnG13	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le prìomhachas air a' Ghàidhlig, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Tha e na phrìomhachas aig Fèisean nan Gàidheal gum bi a' Ghàidhlig aig cridhe Blas agus gu bheil i ri cluinntinn agus ri faicinn aig gach tachartas. Bha Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas, ach aonan, agus bha e mar chumha ann an cùmhnantan an luchd-ciùil is an luchd-ealain eile, ma bha Gàidhlig aca, gun robh aca ris a cleachdadh nuair a bha iad a' bruidhinn ris an luchd-èisteachd. Mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh bha cothrom ga thoirt do dhaoine òga an obair seo a dhèanamh.	
BnG14	Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2018, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.		Faicibh AC21 gu h-àrd.	
BnG15	Fiosrachadh agus sanasachd dà-chànanach mar phàirt bunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas.		Bha brathan-naidheachd is sanasachd air an dèanamh gu dà-chànanach agus bha fear/bean-an-taighe a' lìbhrigeadh a h-uile consart, ach aonan, san dà chànan.	
BnG16	Ag amas air 15 duine aois 14–18 a bhith a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma 2018.		Chaidh An Sgoil Shamhraidh 2018 a chumail eadar 2 agus 14 luchar le 12 com-pàirtiche. Fo stiùir Mhàiri Mhoireasdan bha dà thaisbeanadh ann den dealbh-chluich, *Call na h-Iolaire,* a chruthaich an òigridh le taic bho Mhàiri.	
BnG17	Ag amas air 16 sgoilear àrd-sgoile a bhith a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearrannan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2019.		Thèid 5 Latha 2019 a chumail eadair 8 agus 13 Giblean.	

BnG18	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan làitheil agus rianachd na buidhne.		Thathas a' cur am poileasaidh an gnìomh tro gach raon-obrach sa bheil sinne mar bhuidheann, agus na Fèisean, an sàs.	
BnG19	Fios ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.		Tha an aithisg seo ann cho math ri aithisg eile a bhios Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal ag ullachadh do Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG20	Fios ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhasail na buidhne gu h-iomlan.		Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo.	
BnG21	Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.		Bidh Bòrd na Gàidhlig a' faighinn a h-uile pàipear airson choinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne. Chaidh aithisg mu Chlàr Chunnartan na buidhne a chur gu Bòrd-Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal sa Chèitean agus chuir am Manaidsear Leasachaidh lethbhreac air adhart do Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG22	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe.		Bithear a' sealltainn suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig anns na stuthan clò-bhuailte uile agus bithear a' toirt aithne don taic bho Bhòrd na Gàidhlig anns gach brath-naidheachd, air an làrach-lìn againn agus an cois phuist-d.	
BnG23	Sanasan naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.		Bidh cothrom aig Bòrd na Gàidhlig nuair a tha taic ga thoirt don obair air a bheil an t-sanas naidheachd a' toirt iomradh, m.e. cur gu seòl Blas san luchar agus dealbh-chluich na Nollaige san Dùbhlachd.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R3.		Chan urrainnear aithris air adhartas.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar				
CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle a chosg air Fèisean nan Eilean Siar tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Tha cuibhreann £9,900 pàighte le £32,446 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CnES2	£2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde stèidhichte sna h-Eileanan Siar.		Bha oifigear làn-thìde againn stèidhichte ann an Steòrnabhagh ach a' frithealadh Fèisean air feadh nan Eilean Siar ach dh'fhàg is san t-Sultain agus feumar co-dhùnadh a dhèanamh mun dreuchd a lìonadh. Chaidh còmhraidhean a chumail leis na Fèisean san t-Samhain ach le rabhadh againn gur dòcha gum bi gearraidhean san taic-airgid a bhios sinn a' faighin bho CnES.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha cuibhreann £9,000 pàighte le £40,641 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CEB2	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh airson taic a chumail ri Fèisean san sgìre agus airson cuid de phròiseactan Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart ann an Earra-Ghàidheal is Bòid.		Tha Oifigearean Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean agus bidh obair drama tro Hùb Hàb, Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige a' dol air adhart ann an sgìre Earra-Ghàidheal agus Bòid.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg̀ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2019

Fèisean nan Gàidheal

Fèisgoil

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.02(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu adhartas le Fèisgoil eadar An Dùbhlachd 2018 agus deireadh a' Ghearrain 2019.

Bun Fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gu bheil an t-seirbheis Fèisgoil a' toirt a-steach an obair air fad a bhios Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh ann an sgoiltean, cho math ri obair sam bith anns a bheil sinn an sàs a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail agus bhuidhnean poblach amasan sna planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh.

Prìomh obrach

Seo na prìomh thachartasan a tha air a bhith a' dol air adhart anns na beagan mhìosan a dh'fhalbh.

Dràma

Bùithtean-obrach is tursan:

1. **Panto: Turas Nàiseanta:** bha Iain Beggs, Megan NicGillFhialain is Ceitidh Hammond an sàs.

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
3	42	29	2,684

2. Tha **Meanbh Chuileag** agus
3. **Hùb Hàb** air deasachadh agus bi sgiobanan air thuras an ath mhios.

Taic le dràma

1. **Oidhche Challainn:** le taic airgid bho Riaghaltas na h-Alba – Bun-sgoil Ghàidhlig Lochabair, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis – agus na seiseanan gan ruith eadar An Dàmhair 2018 agus Am Faoilleach 2019; deiseil air 24.01.19

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
2	3	72*	295**

*4 seiseanan gach latha ann an Loch Abar & 5 seiseanan gach latha ann am Port Rìgh
**295 = duine-chloinne an sàs mar cleasaiche no seinneadair eadar na trì sgoiltean

Ceòl

1. **Iomairt Chiùil na h-Òigridh**
   18/19: Lìbhrig sinn a' chuid as motha de na seiseanan ciùil (8 seachdainean) ann an 174 bun-sgoiltean air a' Ghàidhealtachd eadar An t-Sultain is An t-Samhain 2018. Tha seisean no dhà fhathast a' ruith ann an 6 sgoiltean far a bheil Fèis Rois gan lìbhrigeadh agus tha ICO a' ruith ann an 4 sgoiltean gach seachdain air feadh bliadhna sgoile ann an Siorrachd Rinn Friù le taic bho Fèis Phàislig. Bidh na h-àireamhan air fad againn airson 2018-19 aig an ath choinneimh.

2. **Acadamaidh a Mhòid** – A' co-obrachadh le An Comunn Gàidhealach agus comataidh ionadail Mòd Ghlaschu 2019 agus le taic-airgid Riaghaltas na h-Alba thabhainn sinn taic seachdaineil le seinn, còmhlan-ciùil agus bàrdachd do sgoiltean Gàidhlig agus 22 eile anns a' bhaile far a bheil iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar cànan a bharrachd.

2. Oidhche Challainn

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
6*	3	26**	295***

*ged a bha dithis ag obair mar oide ciùil gu cunbhalach, bha sianar na lùib le taic ciùil uile gu lèir.
**14 seiseanan ciùil ro àm na Nollaige agus 12 a bharrachd aig BSGP as deidh na bliadhn' ùire
***295 uile gu lèir mar cleasaiche no seinneadair.

Cànan

Blasad Gàidhlig* – a' cleachdadh gach seòrsa ealain eadar sgeulachdan, òrain, geamannan agus mar sin air adhart. **(bha cuid de na seiseanan a' ruith aig deireadh na ràith mu dheireadh is cuid aig toiseach na raith seo – mar sin, tha na stats ann am pàipearan dà thuras)*

1. An Eaglais Bhreac

Teirm 2: air a lìbhrigeadh

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
6	6	207	830

Teirm 3: fhathast a' ruith

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
9	7	494	1,023

2. Glaschu

Teirm 2: air a lìbhrigeadh

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
6	6	273	997

Teirm 3: fhathast a' ruith

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
4	6	385	997

Obair Fèisgoil le buidhnean poblach:
Dh'ullaich mi taisbeanadh (òraid is powerpoint) ùr air Eòlas air a' Ghàidhlig airson co-òbrachadh a dhèanamh còmhla ri Iseabail Nic a Phàrlàin agus sinn a' feitheamh son cinn-latha bho Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba.

Tachartas a bharrachd
Lìbhrig Eilidh NicCoinnich dà sheisean Eòlas air a' Ghàidhlig do sgoilearan bho Àrd-sgoiltean na Gàidhealtachd le barrachd na 40ad na lùib aig taigh-òsta Kingsmills air 11mh An Dùbhlachd co-obrachadh le SCILT.

Tha Eilidh NicCoinnich ag obair a-rithist le Iseabail NicPhàrlain air seisean Gàidhlig a chur air dòigh mar phàirt den thrèanaidh ann am mìon-chànain na h-Alba.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mu obair Fèisgoil bhon Dùbhlachd 2018 air adhart.

Eilidh NicCoinnich
Manaidsear Fèisgoil
An Gearran 2019

Fèisean nan Gàidheal

Tasgadh: Tabhartasan Beaga airson Ealain Dùthchasach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.02(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun sgeama Tasgadh.

Bun Fhiosrachadh

Tha Alba Chruthchail air taic a chumail ri Tasgadh a-rithist agus tha Fèisean nan Gàidheal air sgeama tabhartasan beaga a lìbhrigeadh dhaibh le £31.5k air a sgaoileadh ann an 2018-19.

An treas cuairt 2018-19

B' e 1mh Gearran an treas ceann-latha airson iarrtasan ann an 2018-19. Air a' cheann-latha sin bha 35 iarrtasan againn, luach £28,015.84 gu h-iomlan, leis na raontean ealain a leanas air an riochdachadh:

Dannsa	3
Sgeulachdan	0
Ceòl	21
Barrachd air aon nòs-ealain	11

Choinnich a' phanail air 12mh Gearran gus co-dhùnaidhean a ruighinn air na h-iarrtasan. B' e na tagraichean a leanas a shoirbhich, a' ciallachadh gun deach £14,171.30 a thabhann:

REFERENCE	APPLICANT NAME	PROJECT SUMMARY	AMOUNT APPLIED FOR	DECISION	ART FORM
TASG/02/19/039	Donald S Murray	book tour with accompanying Gaelic Singer	750.00	750.00	Music
TASG/02/19/040	Hamish Matters Festival	Workshops in Schools	1,000.00	1,000.00	Multi
TASG/02/19/041	Kinlochlovin'	"The Legacy Project"	1,000.00	750.00	Music
TASG/02/19/045	Barra Fiddle Group	Saturday Fiddle Group - extra tutor/extend	960.00	960.00	Music
TASG/02/19/046	Claire Wilson School of Dance	Dance choreography tuition	604.00	500.00	Dance
TASG/02/19/048	Artsplay Highland	The "Wee Ceilidhs" Project	975.00	600.00	Multi
TASG/02/19/049	Traditional Music Forum	Development of European Folk Network	990.00	990.00	Music
TASG/02/19/050	Dunedin Dancers	25th Dunedin International Folk Dance Fest 2019	1,000.00	630.00	Multi
TASG/02/19/051	Taigh Dhonnchaidh	"Ceòl Nis" mini festival	800.00	600.00	Multi
TASG/02/19/052	Fochabers Fiddle Week	Fochabers Fiddle Week 2019	700.00	700.00	Music
TASG/02/19/053	Comunn Gàidhealach Mhuile	Mull Junior Mod Club workshops	660.00	400.00	Music
TASG/02/19/054	Mairi therese Gilfedder	Continuation of Fiddle Group (East Kilbride)	560.00	560.00	Music
TASG/02/19/057	Ceolas Uibhist	Establish Step Dance Classes	1,000.00	1,000.00	Dance
TASG/02/19/059	Dannsairean an eilean Sgitheanaich	Weekend of Dance	750.00	510.00	Dance
TASG/02/19/060	Moniaive Folk Festival	Moniaive Folk Festival	927.50	520.00	Multi
TASG/02/19/061	Riona Whyte	12 week schools programme in Mull	1,000.00	700.00	Music
TASG/02/19/062	Kenny Hadden	FluteFling 2019	244.50	244.50	Music
TASG/02/19/063	HMS Unicorn	Music on the Mess Deck project	900.00	460.00	Music
TASG/02/19/064	Sutherland Sessions	Great Big Easter 2019	500.00	500.00	Music
TASG/02/19/065	Fèis Ghàidhlig Ghlaschu	Adult Workshops in gaelic arts	630.00	581.00	Multi
TASG/02/19/066	Jenni Wren	week of professional development with scottish artists	1,000.00	1,000.00	Multi
TASG/02/19/069	Mod Aird nam Murchan	Gaelic singing workshops in lead up to Mod	216.00	216.00	Music
			17,167.00	**14,171.50**	

Tasgadh san àm ri teachd

Aig an ìre seo tha coltas ann gum bi Alba Chruthachail airson Tasgadh a mhaoineachadh ann an 2019-20, ach tha sinn a' feitheamh air dearbhadh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt do tabhartasan air an tairgse tron sgeama Tasgadh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2019

Fèisean nan Gàidheal

Lèirmheas Bliadhnail Alba Chruthachail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.02(f)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun lèirmheas bliadhnail a rinneadh le Alba Chruthachail air obair na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gu bheil modh-obrach suidhichte airson aithisg bhliadhnail a chur mu choinneimh Alba Chruthachail, le adhartas a-rèir toraidhean nar cùmhnant, agus coinneamh fhoirmeil a chumail le ar Prìomh Oifigear.

Coinneamh 2018 agus Litir Fiosrachaidh

Chaidh coinneamh 2018 air adhart air 21mh Samhain agus tha an litir a thàinig bho Siobhan NicAnndrais air 18mh Dùbhlachd 2018 anns na duilleagan a leanas. Ged a chaidh seo a sgaoileadh air buill a' Bhùird roimhe, feumar clàradh gu foirmeil gu bheil am Bòrd riaraichte leis an fhiosrachadh a thàinig bho Alba Chruthachail.

Gnìomh a dhìth

Thathas ag iarraidh air buill a' Bhùird aonta a chur ris an litir bho Alba Chruthachail.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2019

ALBA | CHRUTHACHAIL

DOCUMENT 1/3

Arthur Cormack,
Fèisean nan Gàidheal,
Taigh a' Mhill
Port Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

18/12/18

Dear Arthur,

RFO ANNUAL FEEDBACK LETTER

Following our Annual Review meeting on the 21st of November 2019, we enclose the Annual Feedback Form. The form notes the progress that Fèisean nan Gàidheal is making against the agreed goals and milestones submitted as part of the Funding Agreement between the organisation and Creative Scotland for 2018/19.

This feedback has been informed by the Annual Report provided by the RFO and the subsequent Annual Review meeting and will take into account any other conversations, documents and information gathered over the year.

We have used this information to:

- Understand your progress against the achievement of our Ambitions and Connecting Themes
- Assess your progress against agreed development goals and milestones as detailed in the Funding Agreement
- Assess the level of risk associated with the delivery of agreed plans as detailed in the Funding Agreement

Risk Assessment

We recognise that RFOs will take risks in pursuit of their goals. It is important for us to maintain a balance between risk-taking and safe-guarding the public

funds that we distribute. We will use our various interactions with you to identify the level of risk associated with the successful delivery of your plans.

At the Annual Review meeting we discussed and agreed the level of risk attached to achieving the goals and milestones set out in your Funding Agreement for 2018/19. This has taken into account the following:

- Delivery of programme goals and milestones
- Finance, Management and Governance
- The status of your Equalities, Diversity and Inclusion Action Plan

We have then given a low/medium/high risk ranking as follows:

Low	Annual feedback, quarterly monitoring
Medium	Feedback as necessary, increased monitoring
High	Variations to the scale, scope and financing of activity for either internal or external reasons which are of operational concern

If you would like to discuss the content of this Annual Feedback Form in more detail or have any suggestions on how we might improve the feedback process, please feel free to contact your Lead Officer directly either by phone or email.

We also take this opportunity to thank you for any input or insights into the needs of the RFO network or suggestions as to how working with us could be improved in future years. This information will be shared internally to feed into our planning.

Finally, it's been a pleasure to work with you this year and we look forward to developing the relationship further.

ANNUAL FEEDBACK FORM - YEAR 1 - 2018/19

1. Progress Against Plan

Having reviewed the information available, Creative Scotland would make the following comments in terms of your progress against plans to date:

Activity and programme goals and milestones (set out in the Funding Agreement)

Pursuing excellence and experimentation

Overall, we believe that Fèisean nan Gàidheal is on plan based on the following:

Fèisean nan Gàidheal's activity has demonstrated both excellence and experimentation in line with what was set out in their Artistic Plan.

The summer months were a particularly busy time for the organisation with many examples of this ambition including the various Ceilidh Trails, Drama Summer School and Blas Festival. The Òran Mòr event on 15th of September showcased some excellent young performers and included a special commission by Misha MacPherson- "Bho Èirigh gu Laighe na Grèine". The event brought together over 800 young people from the organisation's various strands to perform a specially commissioned song by young composer Robbie MacLeòid.

Other opportunities for writing new material were available as part of the drama summer school and Gaelic song writing workshops are planned for the new year, enabling young people to create new work in traditional music and Gaelic language.

Heritage initiative Fuaran is another example of the organisation's quality, providing opportunities for young Gaelic speakers to receive training before going out into their local communities in 2019 to collect and record songs.

Accessing and enjoying creative experiences

Overall, we believe that Fèisean nan Gàidheal is on plan based on the following:

Support has been offered to 47 branches across Scotland to continue to deliver excellent provision and two new branches have been supported in East Kilbride

and Perthshire. This allows individuals across the country to engage with high quality, affordable tuition.

Fèisgoil provides access to traditional music and Gaelic language for children through workshops in schools and teaching materials available online for teachers. This takes Gaelic language to schools where it is not taught otherwise, bringing the language and culture to more young people.

Coig Latha in April allowed young fluent speakers of high school age to immerse themselves in a community where Gaelic is spoken in every day life, taking part in traditional activities such as lambing, peat cutting and producing Harris Tweed. This gave young people the opportunity to enjoy cultural experiences in a genuine way in a place where Gaelic is used every day.

The pursuit of Creative Scotland's four connecting themes including implementation / delivery of EDI Action Plan

Overall, we believe that Fèisean nan Gàidheal is on plan based on the following:

Creative Learning is at the heart of Fèisean nan Gàidheal's activity. Traditional music is taught through Youth Music Initiative classes in schools, often incorporating Gaelic language into this provision. Mod Academies helped engage children with this cultural event and encouraged them to take part and compete in the event in Dunoon. Beairteas is growing a cohort of Gaelic speakers who can share their experiences of using the language in their different lines of work. Fèisgoil continues to deliver excellent provision, but it has been recognised that Eilidh MacKenzie would benefit from additional administrative support to ensure she has the capacity to continue to deliver these excellent projects. The creation of resources for use by the wider sector, training offered to tutors and opportunities for those working across the branches to share experiences and models should be commended.

The Fèisean nan Gàidheal **Equalities Diversity and Inclusion** Action Plan has been agreed and approved and the work put into this was acknowledged. Better data collection methods are now in place which will make it easier to measure progress. The organisation is making considerable effort to ensure that Gaelic language provision is threaded through all activity while continuing to deliver accessible content for anyone who would like to take part.

The organisation makes good use of **digital**, utilising channels to distribute newsletters, Board Papers and their Annual Report. FèisTV successfully streamed four events and this platform will likely allow a greater number of audience members to engage with the organisation's content. Online lessons are in progress which will make provision even more accessible and allow

international learners to engage with content. Options are being explored around online grant application forms and central online booking systems for branches.

In terms of **Environment**, Creative Carbon Scotland rated the Carbon Reduction plan submitted as 16/16, stating that it was a "Logical and effective plan following on from behavioural and cultural progress". The areas of improvement seem pertinent and address issues around being a tenant in an older building in Portree.

Progress against financial, management and governance goals and milestones

Overall, we believe that Fèisean nan Gàidheal is on plan based on the following:

The Fèisean nan Gàidheal Board is seen as well balanced with clear and efficient measures in place. It was discussed that the Board could be more challenging and tend to agree with information provided to them. The documents prepared in advance of the Board are thorough and lengthy, though Board members have said they are happy to receive this level of detail and this makes decision making easy and well informed.

Five new Board members have been recruited with two places remaining vacant. It was suggested that two younger members could be co-opted to ensure age balance, particularly considering the work of the organisation. It was good to see the involvement of young people on the programming board for Blas in the Year of Young People and this seems to have worked well, resulting in some acts which may not have been predicted.

Work on various policies has been ongoing and the organisation's hard work has been evident, ensuring that the organisation was GDPR compliant by the May deadline.

The organisation's staffing seems stable, though it is noted that Summer 2018 was a particularly busy time for the organisation with the added work of Òran Mòr. It was agreed that this did impact on the delivery of other work, but not detrimentally. Fèisgoil has also proved very successful but as a result may require additional administrative support. The vacancy of a Project Officer in the Western Isles is being reviewed pending funding from Comhairle nan Eilean Siar.

Good practice in your programme of work or operations:

In discussion we identified the following examples of good practice in your programme of work/operations which we would encourage you to consider

sharing with peers and / or the sector more widely. If you feel Creative Scotland can assist with that then please let me know.

- Òran Mòr was a great success, bringing together so many young people and involving them at every stage of the event's organisation
- Tasgadh devolved funding for traditional arts works well with a varied panel of experts to help make funding decisions, allowing small groups to access small amounts of funding which make a big impact on their activity
- Fèisgoil helps so many young people across the country engage with Gaelic language, music and culture.

2. **Risk Assessment**

Based on the information available, Creative Scotland would assess the current level of risk to the successful delivery of your goals and milestones detailed in your Funding Agreement as:

Low

At this time, we do not think there is any need to take any specific remedial action but we would encourage you to continue to monitor your programme of work and operations on a regular basis and flag to us, at the earliest opportunity, any factors you become aware of that could have a material impact on these.

FORWARD PLANNING

2019/20 Funding Agreements

We plan to issue the documentation and timelines for the 2019/20 funding agreements in December with a view to finalising funding agreements by the end of March 2019 to enable payments to be made in early April. The documentation will be similar to that required for 2018/19 agreements.

Yours sincerely,

Siobhan Anderson

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtas Ballrachd

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.02(g)

Adhbhar a' Phàipeir

Aonta bhon Bhòrd a shireadh ball ùr corporra a cheadachadh ann am ballrachd Fèisean nan Gàidheal.

Bun fhiosrachadh

Tha iarrtas againn bho chomataidh Fèis Thatha a tha ag iarraidh Fèis ùr a stèidheachadh ann an Siorrachd Pheairt, ag amas gu sònraichte air òigridh a tha dol tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san sgìre agus cuideachd do chlann aig a bheil ùidh ann an ceòl traidiseanta agus a' Ghàidhlig.

Poileasaidh agus Cunnartan

Nar Plana Pròghraim 2018-21 tha sinn ag amas air cothroman a leudachadh pàirt a ghabhail ann an ealan agus cultar na Gàidhlig. Tha sinn cuideachd a' tabhann taic do bhuidhnean coimhearsnachd aig a bheil rùn Fèis a stèidheachadh.

Tha cunnart an lùib seo gum bi feum aig buidhnean a tha ag iarraidh Fèis a stèidheachadh air taic-airgid airson tachartasan a chur air dòigh 's dh' fheumadh sin a thighinn bhon a' bhuidseat a th' againn airson nan tabhartasan.

Dhèanamaid ar dìcheall airgead a lorg bhon taobh a-muigh, anns a' chiad dol a-mach, airson Fèisean ùra. A bharrachd air sin bidh feum air ùine oifigeir a chumadh taic ris an Fhèis agus ri tachartasan sam bith anns am bi i an sàs.

Moladh

Thathas a moladh gabhail ris an iarrtas ballrachd seo. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an dà sgoil ann am Peairt 's tha na h-àireamhan air fàs le barrachd ùidh a' nochdadh a-measg a' phobhaill anns a' chànan agus ar dualchais. Chan eil Fèis sam bith eile faisg air làimh 's bhiodh an Fhèis seo a' cur gu mòr ris na cothroman a tha san sgìre airson daoine òga a bhith ag ionnsaachadh ceòl agus òrain na Gàidhlig.

Gnìomhan a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird aontachadh ri iarrtas ballrachd Fèis Thatha air dhuinn dearbhadh fhaighinn gu bheil cunntas-banca aca ann an ainm na Fèise.

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Gearran 2019

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities.

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FÈIS THATHA
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	Gill Steele
Dreuchd - Position	Chairperson
Seòladh - Address	c/o Taigh na Feorag
	Logierait
	Pitlochry
	Perthshire
Còd Puist – Post Code	PH9 0LH
Àireamh Fòn – Telephone Number	01796 482525
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	07775865559
Seòladh puist-d – E-mail address	feis_thatha_2019@hotmail.com
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	14th & 15th September 2019

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

Ainm-sgrìobhte/Signature ……11.02.19…….. **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03

Anns an aithisg seo:	**Gnìomh a dhìth**
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(a)	
Teachd a-steach agus a-mach 2018-19 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 31 Faoilleach 2019	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(b)	
Bidh na suimeannan a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh	Aithris airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(c)	
Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2018, air an ullachadh le Mann Judd Gordon	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(d)	
Tabhartasan air an gealltainn do na Fèisean airson 2018-19	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(e)	
Dreach Bhuidseat 2019-20	Airson Aontachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(f)	
Tabhartasan nam Fèis 2019-20 (Molaidhean)	Airson Aontachaidh

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Gearran 2019

Teachd a-steach agus a-mach 2018-19 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 31mh Faoilleach 2019

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2019.03(a)

TEACHD A-STEACH	**2018-19**	**ÙINE**	**FÌOR**	**DIOFAR**	
Prìomh Thabhartasan	£330,759	£275,633	£292,236	-£16,604	1
Cìsean Stiùiridh	£109,000	£90,833	£107,000	-£16,167	2
Sgeama Thabhartasan	£197,000	£164,167	£197,000	-£32,833	3
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£24,500	£20,417	£24,500	-£4,083	
Uairean Bliadhnail	£13,000	£10,833	£13,000	-£2,167	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£35,000	£29,167	£27,125	£2,042	
Trèanadh	£6,000	£5,000	£5,000	£0	
Fèisgoil	£304,000	£253,333	£253,872	-£539	
Fèis Bhlas	£305,885	£254,904	£285,412	-£30,508	4
Teachd-a-steach Eile a chaidh a Chosnadh	£17,300	£14,417	£9,196	£5,221	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£56,000	£46,667	£54,172	-£7,505	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,000	£26,667	£29,548	-£2,881	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£32,604	£27,170	£27,484	-£314	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£7,000	£5,833	£12,600	-£6,767	
Goireasan is Pròg ram Didseatach	£12,400	£10,333	£10,700	-£367	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£1,000	£833	£1,000	-£167	
Seirbheis Clàr-pàighidh do na Fèisean	£17,692	£14,743	£15,692	-£949	
Teachd-a-steach fhathast ri thogail	£23,764	£19,803	£0	£16,783	5
TEACHD A-STEACH GU H-IOMLAN	**£1,524,904**	**£1,270,753**	**£1,368,557**	**-£97,803**	
TEACHD A-MACH					
COSGAISEAN RUITH					
Tuarastalan an Luchd-obrach	£299,411	£249,509	£244,191	£5,318	
Suimeannan NIC	£29,941	£24,951	£24,120	£831	
Suimeannan Pàighte do Pheinnseanan	£14,971	£12,475	£12,025	£450	
Siubhal, Àiteachan-fuirich, Biadh do Luchd-obrach	£19,000	£15,833	£12,985	£2,848	
Màl is Cìsean airson Oifisean	£29,000	£24,167	£18,596	£5,571	
Stuthan Pàipeir, Clò-bhualadh, Postachd is Lethbhreacan pàipeir	£13,000	£10,833	£15,506	-£4,673	
Uisge is Dealain	£14,000	£11,667	£11,433	£234	
Cosgaisean a' Bhùird	£5,000	£4,167	£1,118	£3,049	
Cur Poileasaidh Dìon Chloinne an Gnìomh	£8,000	£6,667	£9,351	-£2,684	
Àrachas	£7,500	£6,250	£0	£6,250	
Cosgaisean Beaga	£2,000	£1,667	£2,093	-£426	
Cìsean Cunntasachd is Banca	£7,000	£5,833	£6,642	-£808	
Cìsean Proifeiseanta	£4,000	£3,333	£5,528	-£2,195	
A' Gleidheadh Stòras Ionnsramaidean	£2,000	£1,667	£1,233	£434	

Feuman Taice a Bharrachd	£4,000	£3,333	£1,094	£2,239	
Cosgaisean Calpa	£3,000	£2,500	£3,183	-£683	
COSGAISEAN PHRÒGRAM					
Tabhartasan air am Pàigheadh A-mach	£196,744	£163,953	£117,233	£46,720	6
Uairean Bliadhnail	£13,256	£11,047	£6,566	£4,481	
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£28,500	£23,750	£19,336	£4,414	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£35,000	£29,167	£17,284	£11,883	7
Cìs Stiùiridh Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	-£3,500	-£2,917	-£3,500	£583	
Pròram Trèanaidh	£6,000	£5,000	£3,360	£1,640	
Cìs Stiùiridh airson a' Phròraim Trèanaidh	-£1,000	-£833	-£1,000	£167	
Fèisgoil	£304,000	£253,333	£262,014	-£8,681	
Cìs Stiùiridh airson Fèisgoil	-£72,000	-£60,000	-£72,000	£12,000	8
Co-labhairt Bhliadhnail	£10,000	£8,333	£8,281	£52	
Fèis Bhlas	£305,885	£254,904	£286,847	-£31,943	9
Cìs Stiùiridh airson Fèis Bhlas	-£15,000	-£12,500	-£15,000	£2,500	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£56,000	£46,667	£52,102	-£5,435	
Cìs Stiùiridh airson Cèilidhdean air Chuairt	-£6,000	-£5,000	-£6,000	£1,000	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,000	£26,667	£27,411	-£744	
Cìs Stiùiridh airson Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	-£4,000	-£3,333	-£4,000	£667	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£32,604	£27,170	£0	£27,170	10
Cìs Stiùiridh: Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	-£2,000	-£1,667	£0	-£1,667	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£1,000	£833	£2,463	-£1,630	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£7,000	£5,833	£6,992	-£1,159	
Cìs Stiùiridh airson Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	-£2,000	-£1,667	-£2,000	£333	
Goireasan is Pròram Didseatach	£12,400	£10,333	£2,448	£7,885	
Cìs Stiùiridh airson Goireasan is Pròram Didseatach	-£2,000	-£1,667	-£2,000	£333	
FèisTV	£17,692	£14,743	£13,204	£1,539	
Cìs Stiùiridh FèisTV	-£1,500	-£1,250	-£1,500	£250	
Cùl-taice	£5,000	£4,167	£0	£4,167	
FO-SHÙIM IOMLAN AIRSON CAITEACHAS	**£1,415,904**	**£1,179,920**	**£1,087,638**	**£92,282**	
Cìsean Stiùiridh	£109,000	£90,833	£107,000	-£16,167	11
InG28	**A’ toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.**	
	Faic AC40	
InG29	**Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.**	
	Faic AC39	
InG30	**Ealla a ghabhail air sgilean agus cuspairean nach eil cho follaiseach anns na Fèisean, an leasachadh tro thachartasan sònraichte le èolaichean bhon roinn chruthachail, agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a sgaoileadh.**	
	Faic AC2	
A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG31	**Taic a chumail ri Chèilidhean air Chuairt an t-samhraidh.**	
	Faic AC20	
InG32	**A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas.**	
	Faic AC21	
InG35	**Taic a chumail ri cothroman còmhnaidheach ionnsachaidh cruthachail airson òigridh aig ìre sgìreil agus eadar-nàiseanta.**	
	Faic AC4 & AC22	
InG37	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a’ dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.**	

	Faic AC22
InG38	**A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.**
	Faic AC38 & AC39
InG39	**A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh.**
	Bidh sinn a' dèanamh gach oidhirp seo a dhèanamh le tachartasan leithis Ceòl nam Fèis agus Òran Mòr 's feuchainn ti tuilleadh cothroman a chruthachadh coltach ri seo air a' bhliadhna a tha romhainn.
InG40	**FèisTV a leasachadh agus com-pàirteachas a thogail leis a' BhBC agus BBC Alba airson stuth a chruthachadh do sgrìn agus craobh-sgaoileadh.**
	Faic AC35 agus chaidh Òran Mòr a chlàradh le BeesNees airson BBC Alba 's chaidh a shealttain air teilidh aig àm na Nollaige.
BnG1	**Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.19.**
	Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean.
BnG2	**Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.**
	Thèid an ath Tac an Teine a chumail air 9 Màrt. Tha oidhirp a dhìth gus cofaidh is còmhradh a chuir air dòigh ann an Inbhir Nis. Tha fhios againn gu bheil ùidh anns an leithid 's tha mi an dòchas taic fhaighinn bho dhiofar bhuidhnean 's gum faigh sinn air seo a chuir air dòigh gu cunbhalach.
BnG3	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.19.**
	Chum sinn latha trèanaidh de luchd-obrach san Ògmhios 's thèid latha a bharrachd a chui air dòigh sna mìosan ri teachd. Tha sinn cuideachd am beachd cùrsa air loidhne a dhèanamh mar sgioba tro Cholaiste a' Chaisteil.
BnG4	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.19.**
	Tha luchd-obrach a' gabhail pàirt ann an trèanadh ann an diofar chuspairean co-cheangailte ri dealbhadh, sanasachd, cànain, ciad-cobhair, dràma is eile. Rinn an Sgioba trèanadh air camerathan aig toiseach a' Ghearain 's rinn mi fhìn cùrsa Chiad Chobhair nas timcheal air an àm sin cuideachd.
BnG5	**A' toirt taic do co-dhiù 44 Fèis air feadh Alba, tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.19.**
	Tha seo a' leantainn mar bu chòir le 47 Fèisean a-nis nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal. Chum Fèis Chille Bhrìghde an Ear, a' chiad thachartais aca san t-Sultain 2018 le còrr is 60 an làthair. Chaidh na clasaichean gu lèir a lìbhrigeadh tro mheadan na Gàidhlig. Chaidh Fèis Thatha a steidheachadh san Fhaoilleach 's tha iad an dùil tachartasan a chuir air dòigh ann an Siorrachd Pheairt.
BnG6	**Fèis Bheag neo seiseanan tràth-bhliadhnaichean aig co-dhiù 6 Fèiean ro 31.03.19.**
	Suas gu deireadh R3 tha 21 Fèisean air seiseanan tràth-bhliadhnaichean a chumail.
BnG7	**Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.19.**
	Chaidh an dealbh-cluiche 'Seocan agus a' Bhocsa-ciùil', air a sgrìobhadh le Aonghas MacLeòid, air an rathad san Dùbhlachd 's shoirbhich leis a' Chuairt gu mòr.
BnG8	**80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.19.**
	Suas gu deireadh R3 tha sinn air 188 bùiththean-obrach dràma a lìbhrigeadh.
BnG9	**Fèis Dràma a chur air adhart ann an co-bhonn ri Eden Court ma bhios airgead ann tro Sgeama Ealain na Gàidhlig.**
	Chaidh an tachartas seo a chumail aig toiseach an Ògmhios 's ged a bha na h-àireamhan a ghabh pàirt ìseal, fhuair an fheadhainn a bha an sàs cothrom sònraichte ionnsachadh bho eòlaichean dràma 's dh'ullaich iad pìosan dràma son taisbeanadh.
BnG10	**Turas 6 seachdainean timcheall bhun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.19.**

	Thèid dealbh-cluiche mu bhurraidheachd air an rathad aig deireadh a' Ghearain/toiseach a' Mhàirt	
BnG11	**Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dhà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.19.**	
	Tha sinn air an ainm Sporan a chuir air a' phròiseact seo 's chaidh e air adhart aig àm Blas le dealbh-cluiche eadar-obrachail mu na Fuadaichean air a lìbhrigeadh leis an t-oifigear Gàidhlig againn Aonghas Macleòid. Uile gu lèir chaidh an dèalbh-cluiche a thaisbeanadh 17 turas le 428 sgoilear a' gabhail pàirt.	
BnG12	**30 tachartas aig Blas 2018 le pròg ram coimhearsnachd is sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.**	
	Gheibhear fiosrachaidh mu Blas 2018 anns an aithisg a dh' ullaich mi airson a' choinneamh san Dùbhlachd agus cuideachd gu h-àrd aig AC5, 21, 35 agus 39.	
BnG13	**Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le prìomhachas air a' Ghàidhlig, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.**	
	Faic gu h-àrd	
BnG14	**Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2018, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.**	
	Faic AC5	
BnG15	**Fiosrachadh agus sanasachd dà-chànanach mar phàirt bunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas.**	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG17	**Ag amas air 16 sgoilear àrd-sgoile a bhith a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearrannan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2019.**	
	Faic AC22	
BnG18	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan làitheil agus rianachd na buidhne.**	
	Faic AC30	
BnG19	**Fios ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.**	
	Thathas a' dèanamh seo gach ràithe	
BnG20	**Fios ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhasail na buidhne gu h-iomlan.**	
	Thathas a' dèanamh seo gach ràithe	
BnG21	**Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.**	
	Chaidh seo a dhèanamh.	
BnG22	**Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe.**	
	Thathas a dèanamh seo	
BnG23	**Sanasan naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.**	
	Thàthas a' dèanamh seo mar a tha iomchaidh.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	

Ainm	**Anne Willoughby**	**Dreuchd**	**Manaidsear Gnìomha**	
Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**	**Adhartas**	**Ìre**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**				
AC1	**Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean.**			

	Tha £33,500 anns a'Mhaoin Leasachadh nam Fèisean airson pròiseactan airson bliadhna 2018/19. Fhuair Fèis Spè £11,850 airson tuarastal oifigear leasachaidh làn-thìde gu ruige seo agus tha e air a'phàigheadh a-mach dhaibh.	
AC2	**Ma bhios maoin gu leòr ann, taic ro-innleachdail a thoirt do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois.**	
	• Chaidh £11,850 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròram obrach aonaichte gu buil. • Fhuair Fèis Òigridh na Mara £260 airson buthan-obrach sònraichte. • Fhuair Fèís Tìr a'Mhurain £675 airson Fèis HebCelt/Fèis Eilean Dorcha. • Fèis Rois £5,000 airson a'dhol gu Fèisl Interceltique de Lorient. • Fhuair Fèis an Tairbeart £1,675 airson pròiseict coimhearsnachd.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	**Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aif na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.**	
	Chaidh £229,900.20 a thabhann do 46 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus tha fiosrachadh aig na Fèisean air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh agus feuch gun urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin. Tha £143,135.18 air a dol a-mach gu 38 Fèisean an dràsta.	
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.**	
	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm. Tha 101 neach air a dol tron sgeama am bliadhna.	
AC10	**Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan.**	
	Gheibh Fèisean maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Tha Fèis na h-Oige a faighinn taic cunbhalach agus gheibh Fèis Chataibh taic airson an Fhèis aca agus buthan-obrach.	
AC11	**Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.**	
	Bha Co-labhairt bliadhnail ag gabhail àite ann An Ghlaschu air 29 Sultain am bliadhna. Bha program air an làrach-lìn. Bha còrr agus fichead Fèis an làthair còmhla am bliadhna.	
AC16	**A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.**	
	Tha chuirmean aig Fèisean le luchd-teagaisg agus airson com-pàirtichean mar as trice.	
AC17	**Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta às leth Alba Chruthachail.**	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bidh a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2018/19 air 13 Iuchar 2018, an ath ceann latha, 26 Dàmhair 2018 agus tha am fear mo dheireadh air 01 Gearran 2019.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC18	**A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.**	
	Chaidh £13,256.25 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.5 dreuchdan Ionann ri Làn-thìde (ILT), mar pairt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
AC19	**Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.**	
	Bha Fèis an Iar Dheas, Fèis Phàislig agus Fèis na h-Apainne nam Fèisean ùr ann an 15/16, Fèis an Tairbeart ann an 2016; Fèis Gàidhlig Ghlaschu anns an Giblean 2017, Fèis Chille Brìghde an Ear ann an 2017. Bha chiad Fhèis aca anns an Sultain. Tha ùidh aca ann am Peairt Fèis ùr a stèidheachadh.	
AC21	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.**	
	Chaidh Blas a chumail eadar 7 is 15 Sultain 2018. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Tha mi air a bhi cumail taic goireasan daoine, dealbhan-obrach, chùmhnantan, agallamhan msaa am bliadhna. Bha mi aig tachartas Òran Mòr, Ceòl nam Fèis agus cèilidh ann an Cille-Mhoire.	

Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC24	**A' cruthachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.**	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòrchuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Bha 3 poileasaidhean air an ùrachadh agus air aontachadh le Buill a'Bhùird anns a'Chèitean. Bha 4 phoileasaidhean air an ùrachadh agus a mo choinneamh Buill a'Bhùird anns An t-Shultain. Tha foirm-sgrùdaidh airson Co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a'Bhuird airson gu bi fiosrachadh staitistigeil cudromach again a-mach bhon seo. Tha luchd-obrach a'dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Chaidh fiosrachadh a-mach gu luchd-teagaisg pàirt a'ghabhail anns an sgrùdadh agus an trèanadh seo cuideachd. Tha oifigearan leasachaidh a'brosnachadh Fèisean seo a'lionadh a-staigh ro 31 Màirt 2019 airson targaidean a'choileanadh.	
AC25	**A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain.**	
	Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca agus tha seo air sgrùdadh agus ùrachadh anns An Gearran am bliadhna mar 's abhaist. Chaidh àrachas a'chuir air doigh airson Fèis Bhlas cuideachd.	
AC26	**Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.**	
	Gheibh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh nuair a tha sin a dhìth. Uaireannan bidh buidhnean eile ga chur air dòigh. Aig amannan eile, 's e trèanadh a dh'aona-ghnothach a bhios ann a chuireas Fèisean nan Gàidheal air dòigh mar an co-labhairt anns air 28/29 An t-Sultain. Tha 68 luchd-eagrachaidh air a bhith faighinn 86 seisean trèanaidh.	
AC27	**Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.**	
	Rinn an luchd-obrach trèanadh ann an Gràmair Gàidhlig anns An t-Òg-mhìos, An Samhain, An Dùbhlachd 2017 agus Am Màirt 2018. Rinn a h-uile duine trèanadh Co-ionnachd air loidhne. Bha Eilidh a faighinn leasain Gàidhlig bho Seònaid NicGriogair. Tha Aonghas air trèanadh GDPR a dhèanamh comhla ri Culture Republic. Rinn cuid cùrsaichean air loidhne ann an Dion-Chloinne. Tha trèanadh air a' dhol air adhart ann an Ciad-Cobhair, GDPR agus rinn Donna NicRàth trèanadh stor-data còmhla rinn aig deireadh An t-Samhain 2018.Rinn sin trèanadh sgilean camara còmhla ri Iain MacDiarmid ann an Port-Rìgh. Rinn CA trèanadh Ciad-cobhair. Tha Eilidh gu bhi ann an Obar Dheathain airson dà latha trèanadh le Sound Sense. Tha Aonghas a dol gu Interchange 2019 anns am Màirt 2019.	
AC29	**A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh.**	
	Rinn sin trèanadh gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh. Thathar an dòchas gun dèan muinntir nan Cèilidhean air Chuairt obair am-bliadhna feuch am bi iad airidh air duaisean. Bha Janet Nic a'Phiocar air ScotGrad placement fad an t-shàmhraidh. Bha 39 daoine oga anns na Cèilidhean air Chuairt aig 40 seasanan trèanaidh aig Fèis Alba anns Am Phloc.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC30	**A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.**	
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair aig ìre luchd-obrach agus a' Bhùird sa Ghàidhlig agus thèid conaltradh a dhèanamh le Fèisean ionadail tron Ghàidhlig. Nì sinn cinnteach gum bi Fèisean a' cumail ris na pàirtean den Phoileasaidh Ghàidhlig a bhuineas riutha agus tha Plana Gàidhlig aca uile tha iad a leanntain.	
AC31	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh.**	
	Tha 8 Chèilidhean air Chuairt a'ruith ann an 2018-19 agus tha £36,450 air a'phàigheadh a-mach dhaibh. Tha Fèis Rois a'ruith 3 Chèilidhean air Chuairt cuideachd.	
AC32	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.**	
	Chaidh Blas a chumail eadar 7 is 15 Sultain 2018. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Tha mi air a bhi cumail taic goireasan daoine, dealbhan-obrach, chùmhnantan, agallamhan msaa am bliadhna. Bha mi aig tachartas Òran Mòr, Ceòl nam Fèis agus cèilidh ann an Cille-Mhoire.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC50	**Plana ùr Co-ionannachd, Iomadachd agus In-Ghabhail a chruthachadh airson 2018-21 a'**	

	togail air eòlas bho phlana 2015-18 a chur an gnìomh.	
	Tha plana ùr ga chur air dòigh an-dràsta airson 2018-21.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC51	**A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.**	
	Thòisich luchd-obrach is Buill a' Bhùird a' clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean 2015. Tha sin air a bhi clàradh sgaoilidhean carbon bhon an luchd-teagasg bho 1 Giblean 2016.	
AC52	**A' cruthachadh Plana Làimhseachadh Gualain airson 2018-21.**	
	Bha sin ag obair air Plana Làimhseachadh Gualain a'cruthachadh agus tha Alba Cruthachail toilichte leis a'phlana againn airson 2018-21.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG12	**Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.**	
	Faicibh AC7 gu h-àrd	
InG20	**Taic shònraichte a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.**	
	Faicibh AC10 gu h-àrd	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh		
InG22	**Pròraman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stiuireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.**	
	Faicibh AC27 gu h-àrd	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG31	**Taic a chumail ri Chèilidhean air Chuairt an t-samhraidh.**	
	Faicibh AC31 gu h-àrd	
InG32	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas.**	
	Faicibh AC21 gu h-àrd	
BnG1	**Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.19.**	
	Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean agus cosg.	
BnG2	**Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.**	
	Tha seiseanan seinn sorbheachail ann an Inbhir Nis. Chan eil seo ach sàmhach ann an Port-Rìgh ach chaidh rannsachadh a'dhèanamh agus cha robh iarrtais ann air a shon an-dràsta. Cumaidh sin sùil air agus tha dùil gun tòisichidh e a-rithist nas fhaide air adhart.	
BnG3	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.19.**	
	Chaidh seisean trèanaidh Gàidhlig a'chumail anns an t-Sultain, Samhain agus Gearran 2019. Bha Eilidh a faighinn leasain Gàidhlig bho Seònaid NicGriogair a h-uile mìos.	
BnG4	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.19.**	
	Faicibh gu h-àrd	
BnG5	**A' toirt taic do co-dhiù 44 Fèis air feadh Alba, tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.19.**	
	Thathar a cumail taice a thoirt do 46 Fèisean ann an 2018-19 le tabhartasan, àrachas, ionnsramaidean ciùl agus sgilean Gàidhlig.	
BnG18	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan làitheil agus rianachd na buidhne.**	
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair aig ìre luchd-obrach agus a' Bhùird sa Ghàidhlig agus thèid conaltradh a dhèanamh le Fèisean ionadail tron Ghàidhlig.	
BnG19	**Fios ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.**	
	Seo air a'dhèanamh gach raithe	
BnG20	**Fios ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhasail na buidhne gu h-iomlan.**	
	Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo agus tha mi dèanamh cinnteach gu bheil seo a tachairt ann an deagh àm	
BnG21	**Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric**	

	de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.	
	Fhuair Bòrd na Gàidhlig a h-uile pàipear bho choinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal agus tha an clàr chunnartasan air ùrachadh a h-uile bliadhna anns An Ceitean airson coinneamh a'Bhùird.Tha luchd-obrach a' cumail sùil air chunnartasan tron bliadhna.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.**	
	Thèid taic a chumail ri 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2018-19. Tha Fèisean nan Gàidheal air £105,385.00 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2018-19, a' gabhail a-steach an £22,100 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar a' cosg an còrr der tabhartas air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	**Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.**	
	Chaidh maoineachadh luach £32,446.25 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh tha sin sùileachadh. Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	**Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.**	
	Chaidh maoineachadh luach £40,640.50 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 tha sin sùileachadh bhon Chomhairle. Thèid an £11,000 a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde.	

Ainm	**Eilidh NicCoinnich**	**Dreuchd**	**Manaidsear Fèisgoil**	
Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**	**Adhartas**	**Ìre**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**				
AC3	**Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.**			
	Chuir sinn coimisean ùr, Oidhche Challainn, air doigh le taic airgid bho Riaghaltas na h-Alba. Bha trì sgoiltean na lùib – Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar agus Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh. Bha Lana Pheutan na neach-stiùiridh às leth Fèisean nan Gàidheal a' tadhal air BSGLA & BSGP agus fhuair BSGI beagan taic stiùiridh bho Aonghas MacLeòid. Sgrìobh Catriona Leacsaidh Chaimbeul scriobt ùr le ceòl ùr le Ingrid NicFheanraig agus bha Ingid is Iain MacPhàrlain, Eilidh agus Aonghas MacCoinnich agus Julie Fowlis is Éamon Doorley an sàs nan luchd-ciùil aig na taisbeanaidhean fhèin. Bha 295 duine-chloinne an sàs uile gu lèir.			
AC4	**Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.**			
	Taobh a-staigh Fèisgoil, sgrìobh Aonghas MacLeòid dà òrain ùr freagarrach do nan tràth bhliadhnaichean. Tha mi a' feitheamh airson fiosrachaidh mun bhuidseat, ach dh'iarr neach-obrach a bhios a' toirt taic do dheugairean le feumlachdain sònraichte anns an àrd sgoiltean Ghallaibh dà latha a chur air doigh airson òran ùr a sgrìobhadh. Tha dithis air bòrd mar oide, Liza Mulholland agus Monica Neeling. Bidh barrachd fiosrachaidh mun seo anns an ath h-aithisg. Tha sinn an dùil gum bi dà thachartas air òrain ùra a chur ri chèile a' tachairt fo bhratach FnG anns a' Mhàrt – Rannan Ùra - le Alasdair Whtye; deireadh sheachdain ann an Glaschu (02 & 03.03) agus seisean eile ann an Inbhir Nis (09 &10.03).			
AC5	**Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra.**			
	Coimiseanan ùra is cothroman tron bhliadhna ionmhais air fad: 1 Dràma air Chuairt – Trì nithean is trì nighean - Blas 2 Mischa Nic a' Phearsain – Bho Èirigh gu Laighe na Grèine – Blas 3 Robaidh MacLeòid – Beò an Dòchas – òran ùr – Blas agus Celtic Connections 4 Catriona Leacsaidh Chaimbeul – Oidhche Challainn 5 Ingrid NicEanraig – Oidhche Challainn – ceòl ùr 6 Linda NicLeòid, Eilidh NicCarmaig agus Angela Nic a' Mhaoilein – cothroman òrain ùr a sgrìobhadh airson goireas ùr Fèisgoil, pasgain taic do dh'oidean Blasad Gàidhlig			
AC6	**A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh.**			
	SSD18 - Faicibh aithisg 09.18. Bidh SSD19 ann eadar 8mh & 20mh den Iuchar.			

Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail	
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.**
	A' bruidhinn ri Sandy Gray airson a dhèanamh cinnteach gu bheil oidean air a dhol fo dheuchainn uair sam bith a bhios oidean ùra ag obair còmhla rinn. Chuir sinn stòr-data oidean Fèisgoil air dòigh.
AC12	**Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig).**
	Tha seachdain deasachaidh Meanbh Chuileag a' tachairt an t-seachdainsa (18.02.19) le Iain Beggs is Lana Pheutan an sàs is bidh iad a' dol air thuras a' tòiseachadh 25.02.19 a leanas gu deireadh na teirm. Tha Iain gu bhith ag obair anns na h-Eileanan Siar, ann an Earra Ghàidheal agus air a' Ghàidhealtachd agus bidh Lana Pheutan a' lìbhrigeadh ann an sgoiltean ann am meadhan na dùthcha, Siorrachd Pheairt is Obar Dheathain.
AC14	**A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean.**
	Hùb-Hàb : Bidh Anna NicDhòmhnaill is Catriona NicNeacail air bòrd airson Hùb is Hàb am-bliadhna a-rithist le dùil a bhith air chuairt trì tursan – cola-deug ro àm na Càisge, seachdain/cola-deug as deidh àm na Càisge is seachdain/cola-deug a bharrachd aig deireadh an t-samhraidh/toiseach an fhoghair. Bidh iad a' cruinneachadh air 25mh An Gearran airson seachdain deasachaidh ann an Inbhir Nis is an uair sin thèid iad a-mach air chuairt a' tadhal air sgoiltean is buidhnean coimhearsnachd ann am meadhan na dùthcha.
AC15	**Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.**
	Faicibh aithisg 09.18 agus tha mi ann an conaltradh le Àrd-sgoil Phort Rìgh mu tè eile air Dimàirt 25mh den Ògmhios.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC20	**A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.**
	Tha dithis oide òg a bharrachd an sàs le Blasad Gàidhlig an ràith seo agus tha sgiobanan òga ag obair air Meanbh Chuileag agus Hùb Hàb, sianar ùra an teirmsa fo aois 28 uile gu lèir.
AC21	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.**
	Faicibh aithisg 09.18. Tha sinn a' feitheamh airson dearbhaidh fhaighinn mu taic airgid airson Blas 2019.
AC22	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig.**
	Cha robh tachartasan còmhnaidheach Fèisgoil ann san ràith seo ach faicibh aithisg 09.18 airson barrachd fiosrachaidh air SSD18.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC27	**Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.**
	Bha latha trèanaidh air FèisTV agus ciad chobhair is bha mi an dùil a bhith an làthair aig an da chuid ach gu mi-fhortanach bha mi dheth bochd air na làithean ud aig toiseach a' Ghearrain. Chaidh mi gu laithean trèanaidh "Training the Community Musician" le SoundSense ann an Obar Dheathain air 18mh & 19mh An Gearran. Leis gu bheil cuid de na h-oidean Blasad Gàidhlig againn a' faireachdainn neo-mhisneachail a thaobh nan sgilean Gàidhlig aca, chuir mi seisean taic air dòigh dhaibh. Bidh ceithir seiseanan 'Taic le Gàidhlig' ann eadar deireadh a' Ghearrain is deireadh a' Mhàirt airson an sgioba stèidhte ann an Glaschu le triùir an sàs air an lìbhrigeadh le Josie Burgess, neach-teagaisg Gàidhlig.
AC28	**Taic le sgrìobhadh chruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean sònraichte.**
	Faicibh AC5.
AC29	**A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh.**
	Faicibh AC20. Le taic airgid bho Riaghaltas na h-Alba tha mi an dùil dithis òga fhastadh airson taic le seiseanan, goireasan agus sanasachd Blasad Gàidhlig ann am meadhan na dùthcha gu h-àraidh. Tha sanas-dreuchd agam deiseil airson a sgaoileadh.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC34	**A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, no far an gabhadh cothroman a chruthachadh.**
	Air Dimàirt 11mh An Dùbhlachd rinn mi taisbeanadh air Gàidhlig agus na cothromon do dhaoine òga tro Fèisean nan Gàidheal dà thuras aig tachartas SCILT (Scotland's National Centre for Languages) aig Taigh-

	òsta Kingsmills ann an Inbhir Nis. Bha barrachd na 40 deugairean an sàs, cuid nan luchd ionnsachaidh na Gàidhlig agus cuid gun eòlas idir air a' Ghàidhlig
AC35	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan.**
	Feumaidh mi barrachd a dhèanamh tro na meadhanan sòisealta aig FnG.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC36	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.**
	Cuiridh mi latha trèanaidh air dòigh an ath theirm ann an Glaschu airson sgioba Blasad Gàidhlig agus tha mi an dòchas gum bi pasgan taic againn air fhoillseachadh aig an tachartas. Tha pasgan sgoil-àraich agus clas 1-4 deiseil agus tha Angela Nic a' Mhaoilein dìreach aig an fhìor thoiseach le pasgan taic do C5-7 le dùil gum bi e deiseil ro dheireadh a' Ghiblein.
AC38	**Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.**
	Bha Bliadhna na h-Òigridh gu math soirbheachail san dòigh seo.
AC39	**Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.**
	Faicibh AC20.
AC40	**A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.**
	Cha do thachair dad san ràith seo tro Fèisgoil ach thachair deireadh sheachdain ullachaidh Fuaran air 16 & 17 An Gearran.
AC41	**A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.**
	Obraichidh Oifigear Dràma FnG, Aonghas MacLeòid, còmhla ris an sgioba Meanbh Chuileag is Hùb Hàb, a' leasachadh nan sgilean dràma aca.
AC43	**A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.**
	A bharrachd air na tursan dràma is seiseanan ciùil bidh mi a' sanasachd Blasad Gàidhlig, an t-seirbheis cànain aig FnG. Tha mi ann an conaltradh le diofar ùghdarrasan ionadail mu sheirbheis Fèisgoil. Aig toiseach a bhliadhna, bhruidhinn mi ri Alex Macleod, Manaidsear Foghlam Ion-ghabhalach aig Còmhairle Lannraig a Deas agus Màiri McCarte is Anne Marie Steele Hunter aig Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar mu Bhlasad Gàidhlig is tha mi a' feitheamh airson fiosrachaidh air ais bhuapa. Chuir Arthur sanasachd mu Fèisgoil is gu h-àraidh an t-seirbheis cànain aig FnG, Blasad Gàidhlig, air na meadhanan sòisealta agus rinn mi fhìn an aon rud tro phost-d.
AC44	**Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.**
	Lìbhrig sinn na clasaichean ciùil mar phairt den sgeama Iomairt Chiùil na h-Òigridh tro 8 seachdainean anns gach sgoil air a' Ghàidhelatachd (173 uile gu lèir), a' tabhann bùithtean-obrach ann an seinn, fìdeag no a' cluich ann an còmhlan-ciùil. Thachair a' chuid as motha air a' Ghàidhealtachd anns an fhoghair le dìreach seisean no dhà fhathast a' ruith. Tha na seiseanan aig na sgoiltean ann an Rinn Friù a' tachairt gach seachdain tron bhliadhna sgoile fo bhratach Fèis Phàislig. Oidhche Challainn – bha Ingrid NicEanraig is Eilidh NicLeòid NicCoinnich ag obair leis na sgoiltean ann an BSGLA & BSGPR fa leth. Acadamaidh a' Mhòid 2019: Tha mi co-obrachadh le Seumas Greumach (An Comunn Gàidhealach) agus Ruairidh Mac an t-Saoir (Riaghaltas na h-Alba agus ball comataidh Mòd Ghlaschu 2019). Chuir sinn sanasachd a-mach tro 8 sgoiltean Gàidhlig agus 22 far a bheil a' chlann a' dèanamh Gàidhlig mar cànan a bharrachd agus tha sinn a' feitheamh airson fios air ais le dùil oidean fhastadh as deidh àm na Càisge.
AC45	**Prògraman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.**
	An teirm 's a chaidh bha deichnear a' lìbhrigeadh sheiseanan Blasad Gàidhlig ann an 12 sgoil air feadh Ghlaschu is na h-Eaglaise Brice agus an terimsa tha dà dhuine deug gan lìbhrigeadh ann an 13 sgoiltean. Faicibh pàipearean a bhùird airson barrachd fiosrachaidh. Buidhnean poblach – chuir mi taisbeanadh (powerpoint agus òraid) air doigh mu Eòlas air a' Ghàidhlig freagarrach do luchd obrach Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba lei dùil gum bi mi ga lìbhrigeadh ro dheireadh bliadhna an ionmhais mar phàirt den tachartas aig Feral Arts air Mion-Chànain na h-Alba, ach tha sinn a' feitheamh airson dearbhaidh mun cheann-latha.
AC46	***Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air**

	cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.
	Tha mi ag ullachadh sgeama paidhleat Beairteas an-dràsta fhèin. Bidh Maighread Stiùbhart a' tadhal air àrd-sgoiltean eadar Ulapul is Baile Dhùbhthaich ro dheireadh na teirm. Tha Fèisgoil fhathast a' lorg barrachd thosgairean agus tha mi ag obair air stòr-data le ainmean is seolaidhean taighe de dhaoine air feadh na dùthcha le Gàidhlig o thus.
AC47	**Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.**
	SSD18 – 02.07-14.07 2018. Lìbhrig sinn i is tha mi fhèin is Aonghas MacLeòid ann an conaltradh mu SSD19.
AC48	**CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.**
	Tro na seiseanan Blasad Gàidhlig, tha an luchd-teagaisg a' faighinn cothrom abairtean, òrain is facail Gàidhlig ionnsachadh còmhla ris na sgoilearan sna clasaichean aca.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.	
AC51	**A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.**
	Gach latha bidh mi fhathast a' toirt mo chàr dealain dhan oifis is air ais.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba	
AC53	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.**
	Bidh mi a' sgrìobhadh aithisgean goirid air pròiseactan Fèisgoil, ach dràma, airson *Faileas* agus nuair a bhìos ùine agam a' cur naidheachdan air làrach-lìn Fèisean nan Gaidheal is tro na meadhanan sòisealta ach tha barrachd agam ri dhèanamh.
AC54	**A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra.**
	Goireasan ciùil: 1. a bharrachd air Oide (chan eil mi fhèin an sàs anns a' phròiseact seo) 2. tha mi ann an conaltradh le Val Bryan mu na h-òrain anns na leabhraichean Cèol nam Fèis a chlàradh. Gabhaidh Màiri Anna Nic Ualraig, Raonaid Walker agus Raibeart Robastan/MacDhonnchaidh chuid as motha de na h-òrain, gan clàradh aig Watercolour Studios. 3. Tha mi a' toirt taic ri Grant MacPhàrlain aig Fèis Phàislig mu ghoireas ùr didsiteach Iomairt Chiùil na h-Òigridh a chur air dòigh, steidhchte air Stòras na Fìdeig. Goireasan Cànan: 1 Tha Angela Nic a' Mhaoilein ag ullachadh pasgan taic do dh'oidean Blasad Gàidhlig a' dèiligeadh ri clasaichean 5-7. Nuair a bhios Angela deiseil leis, bhiodh pasgan sgoil-àraich suas gu C7 aig Fèisgoil deiseil airson foillseachadh.
AC56	**A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.**
	Fuaran 2 – obair Karen Oakley a th'ann.
AC58	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan, gu h-àraid FèisTV.**
	Tro FèisTV chaidh trì taisbeanaidhean Oidhche Challainn an sruthadh beò no an clàradh.
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil	
InG1	**A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.**
	Faicibh AC43.
InG2	**Cuairtean timcheall làraich eachdraidheil agus dùthchasail air feadh Alba.**
	Cha do rinn sinn càil an ràith seo ach rinn sa chiad ràith den bhliadhna.
InG3	**A' leudachadh phrògraman ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.**
	Bha Hùb Hàb 2018 air chuairt le dealbh chluich ùr – Seirm na Sìde - sgrìobhte le Aonghas Macleòid, dà thuras sa bhliadhna ionmhais, An Giblean/An Cèitean & An t-Sultain agus thèid earrann 1 de Hùb Hàb 2019 le dealbh chluich ùr bho Aonghas, Rannan an Rathaid Mhòir, air chuairt tro sgoiltean ann am meadhan na dùthcha ro dheireadh na bliadhna ionmhais.
InG4	**Òrain Ghàidhlig agus dràma ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ga teagasg airson eòlas a thoirt do dh'òigridh air dualchas na Gàidhlig.**
	Mar phairt de Blasad Gàidhlig, tha Fèisgoil a' lìbhrigeadh òrain Ghàidhlig. Ann an co-obrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach, Riaghaltas na h-Alba agus comataidh ionadail Mòd Glaschu 2019, tha sinn an dùil gum bi seiseanan Acadamaidh a Mhòid a' tòiseachadh anns na sgoiltean gun Ghàidhlig ann an sgìre Ghlaschu as deidh àm na Càisge.

	Anns an fhoghair 2018, thadhail Aonghas MacLeòid le seirbheis luchd ionnsachaidh, Sporan, air 7 sgoiltean ann an sgìre Inbhir Nis far a bheil iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd.	
InG5	**Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.**	
	Faicibh AC47.	
InG6	**Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig ann am foghlam foirmeil.**	
	A' teagaisg an luchd-teagaisg is a' chlann aig an aon àm na amas aig an t-seirbheis Fèisgoil.	
InG8	**Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.**	
	Faicibh AC44.	
InG9	***Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.**	
	Faicibh AC46.	
InG10	**Prògraman Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean agus a-measg bhuidhnean poblach air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.**	
	Faicibh AC45.	
InG11	**Iomairt ùr a' cumail taic ri bùithtean-obrach dràma do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.**	
	Sporan – faicibh InG4.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh		
InG21	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.**	
	Faicibh aithisg 09.18.	
InG22	**Prògraman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stiùireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.**	
	Faicibh AC27.	
InG23	**A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga**	
	Faicibh AC41.	
InG26	**Cothroman coimeirsealta airson a leigeil le luchd-ealain cosnadh a dhèanamh à coimiseanan ùra.**	
	Gheibh Mischa Nic a' Phearsain cothrom clàradh a dhèanamh den choimisean 'Bho Èirigh gu Laighe na Grèine'.	
InG27	**A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.**	
	Faicibh AC20.	
InG28	**A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.**	
	Fuaran 2 – faicibh AC56.	
InG29	**Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.**	
	Faicibh AC39.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG32	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas.**	
	Faicibh AC21.	
InG36	**Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail gach bliadhna.**	
	Faicibh AC47.	
InG37	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.**	
	SSD18 – Faicibh AC47.	
InG39	**A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh.**	
	Bliadhna Ionmhais air fad: Bha Fèisgoil air shanasachd aig na tachartasan seo: An t-Alltan, An Aghaidh Mhòr; NessBookFest; Siuthad; Co-labhairt ceannardan nan sgoiltean air Ghàidhealtachd (TSIH), SCILT; Artsplay Highland (Aonghas Macleòid); Latha Gàidhlig mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh ann an Cille Mhèarnaig (Eilidh Cormack).	

BnG2	**Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.**	
	Tha Calum Ailig ga lìbhrigeadh is bidh mi fhìn a' nochdadh bho àm gu àm.	
BnG3	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.19.**	
	Bha 4+ agam ann am bliadhna ionmhais 18-19 mu thràth.	
BnG4	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.19.**	
	Faicibh AC27	
BnG7	**Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.19.**	
	Chaidh Panto FnG 2018, Seocan agus am Bocsa-ciùil, air a sgrìobhadh le Aonghas MacLeòid, air thuras nàiseanta eadar 26.11.18 & 14.12.18	
BnG8	**80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.19.**	
	Tron bhliadhna ionmhais 18/19 lìbhrig sinn 240 bùithtean obrach tro Hùb Hàb, TòG, Fèis Dràma a' Chinn a Deas, Sporan & Panto gu ruige seo. Tha Meanbh Chuileag agus Hùb Hàb fhathast ri dhol.	
BnG9	**Fèis Dràma a chur air adhart ann an co-bhonn ri Eden Court ma bhios airgead ann tro Sgeama Ealain na Gàidhlig.**	
	Cha bhi proiseact co-obrachail eadar FnG agus Eden Court a' tachairt am-bliadhna.	
BnG10	**Turas 6 seachdainean timcheall bhun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.19.**	
	Meanbh Chuileag le Iain Beggs air thuras sa Ghearran a' lìbhrigeadh dealbh-chluich eadar-obrachail tro 4 seachdainnean is Lana Pheutan air thuras 2 sheachdain leis an aon dhealbh-chluich.	
BnG11	**Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dhà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.19.**	
	Bha Sporan air thuras anns an t-Sultain – 17 seiseanan ann an 7 sgoiltean faisg air Inbhir Nis.	
BnG12	**30 tachartas aig Blas 2018 le pròg ram coimhearsnachd is sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.**	
	Faicibh aithisg 09.18.	
BnG13	**Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le prìomhachas air a' Ghàidhlig, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis**.	
	Faicibh aithisg 09.18.	
BnG14	**Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2018, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.**	
	Faicibh aithisg 09.18.	
BnG15	**Fiosrachadh agus sanasachd dà-chànanach mar phàirt bunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas.**	
	Faicibh BnG13.	
BnG16	**Ag amas air 15 duine aois 14–18 a bhith a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma 2018.**	
	Bha 12 an làthair – faicibh aithisg 09.18	
BnG18	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan làitheil agus rianachd na buidhne.**	
	Tha mi a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn dhomh san oifis.	
BnG22	**Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe.**	
	Suaicheantas BnG a' nochdadh air Aithris is Oideas, postairean agus goireasan ùra Fèisgoil agus sanasachd Blas.	
BnG23	**Sanasan naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.**	
	Mar bu chòir, far a bheil e iomchaidh sin a dhèanamh.	

Ainm	**MOREEN PRINGLE**	**Dreuchd**	**OIFIGEAR GHNOTHAICHEAN**	
Àir.		**Raon sa Phlana Prògraim**	**Adhartas**	**Ìre**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail**				
AC7	**Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aif na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.**			
	Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na			

	Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca. Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu Fèis Gleann Albainn, Fèis Dhun Eideann, Fèis Oigridh na Mara, Fèis Chille Bhrighde an Ear, Fèis Ghaidhlig Ghlaschu, Fèis Eige, Fèis an Earraich, Fèis Arainn, Fèis nan Garbh Chriochan, Fèis Tir an Eorna, Fèis na h-Oige, Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Dhun Bhreatainn, Fèis Throndairnis, Fèis a' Bhealaich, Fèis a' Bhaile, Fèis Ceann Loch Goibhle, Fèis Ghallaibh agus Fèis Bharraigh
AC8	**A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.**
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnsramaidean diofaraichte airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Chaidh ionnsramaidean a-mach gu Fèis Mhuile, Fèis Ile agus Fèis Ceann Loch Goibhle.
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.**
	Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta ur agus tha seo leantainneach.
AC11	**Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.**
	Bha an Co-labhairt Bhliadhnail 2018 ann an Taigh-òsta a' Bhaile, Glaschu air 28/29 Sultain 2018.
AC17	**Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta às leth Alba Chruthachail.**
	S e stòras a th' ann an Tasgadh maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal agus fosgailte do bhuidhnean agus daoine fa leth. Bha an ath cheann-latha 1 Gearran 2019. Fhuair sinn 35 iarrtas agus chaidh taic aontachadh do 22 tagraiche.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC18	**A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.**
	Faicibh AC7 gu h-àrd
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC27	**Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.**
	Tha mi a dol gu seiseanan trèanaidh Gàidhlig agus seseanan eile
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.**	
AC51	**A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.**
	Tha mi a' clàradh sgaoilidhean carbon
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba	
AC53	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach. Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh an Dùbhlachd agus tha sin a deisealachadh fear eile airson am Màrt. Tha Faileas a dol a-mach go a h-uile duine air an stòr-data cuideachd.
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	
InG12	**Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.**
	Faicibh AC7 gu h-àrd
InG16	**A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.**
	Faicibh AC8 gu h-àrd

A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh		
InG22	**Pròraman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stiùireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.**	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh a thachair fad a' bhliadhna	
InG41	**Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta a ruith às leth Alba Chruthachail.**	
	Faicibh AC17 gu h-àrd	
Builean Bòrd na Gàidhlig		
BnG2	**Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.**	
	Chaneil Cofaidh is Còmhradh air an-dràsta, ach bidh sin a tòiseachadh a-rithist ma tha ùidh ann	
BnG3	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.19.**	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh Gàidhlig a thachair fad a' bhliadhna	
BnG4	**Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.19.**	
	Faicibh InG22 gu h-àrd	
BnG5	**A' toirt taic do co-dhiù 44 Fèis air feadh Alba, tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.19.**	
	Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	

Ainm	**Aonghas MacLeòid**	**Dreuchd**	**Oifigear Dràma**	
Àir.		**Raon sa Phlana Pròraim**	**Adhartas**	**Ìre**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC5	**Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra.**			
	Thathar a' rannsachadh cothroman maoineachaidh gus sgrìobhadh ùr a bhrosnachadh a bhiodh freagarrach airson a' phròiseact tèatar-oideachaidh Meanbh-chuileag agus Sgoil Shamhraidh na Dràma.			
AC6	**A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh.**			
	Thèid Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 a chumail eadar 8 agus 20 den Iuchair 2019 's bi e fosgailte do dheugairean eadar 13 agus 17 bliadhna a dh'aois. Thèid postair agus fiosrachadh a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air a h-uile àrd-sgoil aig a bheil roinnean Gàidhlig do dh'fhileantaich 's luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus thèid a shanasachd air ar làrach-lìn agus tro ar cunntasan meadhanan sòisealta. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd			
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC12	**Bùithtean-obrach is pròraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig).** **Panto 2018: Seocan agus am Bògsa-ciùil** Sgrìobh mi an sgriobt 's stiùirich mi Seocan agus am Bocsa-ciùil. Chaidh triùir chleasaichean fhastadh gus turas nàiseanta a dhèanamh leis eadar 26 Samhain agus 14 Dùbhlachd. Cho-òrdanaich mi an turas agus rinn mi sanasachd air a shon le taic rianachd bho Eilidh NicCoinnich agus Moreen Pringle. Rè an turais chaidh 29 taisbeanaidhean a chumail do chlann òga bho corr is 40 sgoil a tha tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh taisbeanadh poblach a chumail air Diardaoin 13 Dùbhlachd aig an Ironworks, Inbhir Nis. **Meanbh-chuileag: 2018/2019** Sgrìobh mi dealbh-chluich ùr do aona neach mu bhurraidheachd-saidhbear do chlann ann an ceann			

	shuas na bun-sgoile. Anns an dealbh-chluich 'Nam bròga-sa' thèid eòlas a chur air 3 sgoilearan ann an clas 7. 'S e caraidean a th'annt ach tha burraidheachd-saibhbear ag adhbhrachadh sgaradh eatorra. Tòisichidh turas nàiseanta a mhaireas 5 's 6 seachdain air 25 Gearran 2019 is thig e gu crioch ro dheireadh a bhliadhna ionmhais. Chaidh dithis chleasaichean fhastadh gus an turas a' lìbhrigeadh. Chaidh Iain Beggs fhastadh gus an dealbh-chluich lìbhrigeadh ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar,
	sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus sgìre Earra-Ghàidheal 's Bhòid. Chaidh Lana Pheutan fhastadh gus an dealbh-chluich a' lìbhrigeadh ann am meadhan na dùthacha, Siorrachd Pheairt agus Obar Dheathain. Chaidh làithean-deasachaidh le Iain Beggs agus Lana Pheutan a chumail eadar 17 agus 22 Gearran. Tha Moreen Pringle agus Eilidh NicCoinnich air a bhith toirt taic dhomh le obair rianachd a' phròiseict.
AC13	**Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Gàidhlig Dhuinn Uile.**
	Gaelic for All – Tha mi ag obair leis an Àrd Oifigear Leasachaidh Nicola Simpson gus pasgan de ghoireasan is cur-seachadan a leasachadh a bheireadh cothroman a bharrachd 's taic do dh'Fhèisean Gàidhlig a chleachadh 's a chur gu feum.
AC14	**A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean.**
	Hùb Hàb 2019 Tha mi a' sgrìobhadh sgriobt ùr Hùb Hàb, am pròiseact tèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean. 'S e 'Rannan an Rathaid Mhòir' an tiotal a th'air an dealbh-chluich is bi e stèidhte air sabhailteachd rathaid. Tha am pròiseact ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3 anns a roinn Ghàidhlig agus sa roinn Bheurla gu h-àraidh ma tha iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Thèid dithis chleasaichean fhastadh gus am pròiseact a lìbhrigeadh – Catriona NicNeacail agus Anna NicDhòmhnaill. Tha min dùil an obair stiùiridh agus obair deasachaidh a dhèanamh leotha eadar 25 Gearran agus 1 Màrt. Tòisichidh turas ann am meadhan na dùthcha air 3 Màrt 's mairidh e 10 latha. Tha Moreen Pringle agus Eilidh NicCoinnich air a bhith toirt taic dhomh le obair rianachd a' phròiseict.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC22	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig.**
	Thèid Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 a chumail eadar 8 agus 20 den Iuchair 2019 's bi e fosgailte do dheugairean eadar 13 agus 17 bliadhna a dh'aois. Thèid postair agus fiosrachadh a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air a h-uile àrd-sgoil aig a bheil roinnean Gàidhlig do dh'fhileantaich 's luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus thèid a shanasachd air ar làrach-lìn agus tro ar cunntasan meadhanan sòisealta. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC28	**Taic le sgrìobhadh chruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean sònraichte.**
	• Sgrìobh mi dealbh-chluich do aona-neach don ainm 'Nam Bròga-sa'. 'S e dealbh-chluich Meanbh-chuileag a th'ann, pròiseact tèatar oideachaidh do chlann-sgoile ann an ceann shuas na bun-sgoile • Tha mi a' sgrìobhadh sgriobt ùr Hùb Hàb, am pròiseact tèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC35	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan.**
	Obair leantainneach a thaobh a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fhèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org Thèid naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naidheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd. A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig www.facebook.com/feisean A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal

	A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC41	**A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.**
	Meanbh-chuileag 2019 – Turas Nàiseanta Chaidh dithis chleasaichean òga fhastadh gus obair deasachaidh agus turas a dhèanamh leis an dealbh-chluich do aona-neach 'Nam Bròg an-sa', 's e dealbh-chluich Meanbh-chuileag a th'ann, pròiseact tèatar oideachaidh do chlann-sgoile ann an ceann shuas na bun-sgoile. Thèid seachdain deasachaidh a chumail eadar 17 agus 22 Gearran agus thèid turas nàiseanta a' lìbhrigeadh eadar 25 Gearran agus 2 Giblean. **Hùb Hàb 2019 – Turas Sgìreil 1** Chaidh ditihis chleasaichean òga fhastadh gus obair deasachaidh agus turas a dhèanamh le dealbh-chluich Hùb Hàb do sgoiltean-àraich agus clann òga na bun-sgoile. Thèid seachdain deasachaidh a chumail eadar 25 Gearran agus 1 Màrt agus theid turas sgìreil a' lìbhrigeadh ann am meadhan na dùthcha eadar 3 Màrt agus 14 Màrt. **Stòr-dàta** Thathar an dùil cuir ris an àireamh de dhaoine òga le Gàidhlig san stòr-dàta againn aig am biodh ùidh ann an obair chleasachd anns na pròiseactan dràma againn. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Stòr-dàta de Chleasaichean agus ceangal gu foirm-clàraidh air-loidhne ri fhaotainn aig www.feisean.org/cothroman.
AC43	**A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.**
	Tha mi gu cunbhallach a' sanasachd na th'againn de phròiseactan dràma fo sgèith an t-seirbheis Fèisgoil
AC47	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 Faic AC6
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.	
AC51	**A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.**
	Tha mi a' cumail clàr de sgaoilidhean carbon ann am foirmean-iarrtais airson cosgaisean.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba	
AC53	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.**
	Obair leantainneach a thaobh a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fhèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org Thèid brathan-naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naicheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd. A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig www.facebook.com/feisean A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma

	agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/
AC55	**A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.**
	Thathar a' rannsachadh na cothroman a th'ann gus na h-òrain a chaidh a sgrìobadh 's a thaisbeanadh tro Hùb Hàb a sgaoileadh. Dh'fhilm mi taisbeanadh sgoile de Seirm na Sìde agus dheasaich mi bhideothan de na h-òrain bhon dealbh-chluich. Tha na bhideothan sin a-nis ri fhaotainn aig www.youtube.com/feistv
AC58	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan, gu h-àraid FèisTV.**
	Obair leantainneach a thaobh a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fhèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org Thèid brathan-naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naicheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd. A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig www.facebook.com/feisean A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil	
InG1	**A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.**
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 Faic AC6 **Fèis Thèatar Òigridh na Gàidhlig** Ann an 2013 thòisich Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court Creative ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Aig toiseach na bliadhna thug sinn taic do Eden Court Creative le tagradh soirbheachail a chur iad a-steach gu Bòrd na Gàidhlig son taic-airgid bho *Maoin nan Ealain Gàidhlig 2018* is thug sinn taic dhaibh gus a phròiseact lìbhrigeadh. Chan eil Eden Court Cruthachail an dùil leantainn air adhart leis a' phròiseict am bliadhna. **Meanbh-chuileag: 2018/2019** Faic AC12
InG3	**A' leudachadh phrògraman ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.**
	Hùb Hàb 2019 Tha mi a' sgrìobhadh sgriobt ùr Hùb Hàb, am pròiseact tèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean. 'S e 'Rannan an Rathaid Mhòir' an tiotal a th'oirre is bi e stèidhte air sabhailteachd rathaid. Tha am pròiseact ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3 anns a roinn Ghàidhlig agus sa roinn Bheurla gu h-àraidh ma tha iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Thèid dithis chleasaichean fhastadh gus am pròiseact a lìbhrigeadh – Catriona NicNeacail agus Anna NicDhòmhnaill. Tha min dùil an obair stiùiridh agus obair deasachaidh a dhèanamh leotha eadar 25 Gearran agus 1 Màrt. Tòisichidh turas ann am meadhan na dùthcha air 3 Màrt 's mairidh e 10 latha. Tha Moreen Pringle agus Eilidh NicCoinnich air a bhith toirt taic dhomh le obair rianachd a' phròiseict.
InG4	**Òrain Ghàidhlig agus dràma ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ga teagasg airson eòlas a thoirt do dh'òigridh air dualchas na Gàidhlig.**
	Hùb Hàb 2019

	Faic InG3	
InG5	**Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.**	
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 Faic AC22	
InG11	**Iomairt ùr a' cumail taic ri bùithtean-obrach dràma do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.**	
	Sporan 2019: Pròiseact Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig Thèid bùth-obrach eadar-obrachail a leasachadh le dùil turas a dhèanamh leis san t-Sultain 2019. Bidh e ag amas air sgoilearan P5-P7 a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd ann an siorrachd Rois 's siorrachd Inbhir Nis. Bidh an turas mar phàirt den phròram sgoile is coimhearsnachd den Fhèis chùil Blas. **Hùb Hàb 2019** Faic InG3	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh		
InG23	**A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga**	
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 Faic AC22 **Fèis Thèatar Òigridh na Gàidhlig** Faic InG1	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG36	**Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail gach bliadhna.**	
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 Faic AC22	
InG37	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.**	
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2019 Faic AC22	
BnG7	**Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.19.**	
	Panto 2018: Seocan agus am Bògsa-ciùil Faic AC12	
BnG8	**80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.19.**	
	Hùb Hàb 2019 Faic AC14 **Meanbh-chuileag: 2018/2019** Faic InG1 **Sporan 2019: Pròiseact Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig** Faic InG11	
BnG9	**Fèis Dràma a chur air adhart ann an co-bhonn ri Eden Court ma bhios airgead ann tro Sgeama Ealain na Gàidhlig.**	
	Fèis Thèatar Òigridh na Gàidhlig Faic InG1	
BnG10	**Turas 6 seachdainean timcheall bhun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.19.**	
	Meanbh-chuileag: 2018/2019 Faic ING1	
BnG11	**Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dhà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.19.**	
	Sporan 2018: Pròiseact Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig Faic InG11 **Hùb Hàb 2019** Faic AC14	

BnG16	**Ag amas air 15 duine aois 13–17 a bhith a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma 2019.**	
	Ann an 2018 bha 12 compàirtiche aig an Sgoil Shamhraidh Dràma. Faic AC22	
BnG22	**Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe.**	
	Chaidh naidheachd mu Panto 2018: Seocan agus am Bogsa-ciùil fhoillseachadh anns a' WHFP, Oban Times, Inverness Courier agus Press & Journal agus air BBC An Là agus Aithris na Maidne agus Aileag air Radio nan Gàidheal. Thèid aithne a thoirt do thaic Bhòrd na Gàidhlig ann am brathan-naidheachd mu Meanbh-chuileag 2019: Nam Brògan-sa agus na tursan sgìreil le Hùb Hàb 2019: Rannan an Rathaid Mhòir.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	**Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.**	

Ainm	**Nicola Simpson**	**Dreuchd**	**Àrd Oifigear Leasachaidh**	
Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**	**Adhartas**	**Ìre**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**				
AC1	**Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean.**			
	Bidh mi a' conaltradh gu cunbhalach leis na Fèisean mu dheidhinn diofar chothroman maoineachaidh a th' ann agus a' moladh Maoin Leasachaidh nam Fèisean mar a tha iomchaidh. Bidh Fèis Spè a' cur a-staigh don mhaoin seo airspn pròiseact a' leasachadh leis an còmhlan-cèilidh aca.			
AC2	**Ma bhios maoin gu leòr ann, taic ro-innleachdail a thoirt do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois.**			
	Bidh mi a' toirt taic leantainnich do ochd Fèisean le planadh tron bliadhna gu lèir. An-ràith-sa, mar eisimpleir: Fèis Air an Oir – A' toiseachadh clasaichean leantainneach sa Ghiblean Fèis Chataibh – A' toiseachadh clasaichean leantainneach sa Ghiblean Fèis Ghallaibh – A' cumail a' dol le buthan-obrach mìosail Feis a' Bhealaich – Club Gàidhlig aca gach sechdain Feis a' Bhaile – Clasaichean leantainneach ann am fidheall agus còmhlan-cèilidh. Bidh da latha Fèise aca aig àm na Càisge. Fèis Inbhir Narainn – A' cumail a' dol le clasaichean leantainneach Fèis Mhoireibh – A' leantainn le clasaichean Clàrsach Fèis Spè - a' ruith clasaichean leantainneach ann an giotar agus fidheall agus a' leasachadh an còmhlan-cèilidh aca.			
AC7	**Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aif na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.**			
	Anns na seachdainean a dh' fhalbh choinnich mi ri na Fèisean agam (aghaidh ri aghaidh agus air am fòn) airson taic a thoirt dhaobh le iarrtasan gu Fèisean nan Gàidheal agus iarrtasan maoineachaidh eile mar Taic Freumhan Coimhearsnachd. Cuideachd, bha mi ag obair air buidseatan airson an ath bhliadhna ionmhais còmhla riutha.			
AC8	**A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.**			
	Tha mi tric a' cuideachadh na Fèisean agam ann a bhith a' faotainn iasad ionnsramaid bho bhanca Fèisean nan Gàidheal.			
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.**			
	Bidh mi a' conaltradh le Moreen agus Sandy gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach comataidh			

	agus tuitear na ball den sgeama PVG.	
AC10	**Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan.**	
	Bidh mi a' bruidhinn le na Fèisean agam mu chùisean sònraichte far a bheil feum air taic a bharrachd agus le taic bho Anne, bidh sinn a' cur taic ionmhasail air dòigh dhaibh.	
AC11	**Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.**	
	Bidh mi tric a' conaltradh leis na Fèisean agam air am fòn agus post-d agus bidh mi a' coinneachadh riutha nuair a tha e iomchaidh.	
AC16	**A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.**	
	Bidh feadhainn de na Fèisean san sgire agamsa a' leasachadh còmhlan-ciùil agus bidh iad a' cluich aig tachartasan ionadal a' bharrachd air na priomh Fèisean.	
AC17	**Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta às leth Alba Chruthachail.**	
	Ro àm Nollaig, dh' obraich mi le Fèis Spè airson iarrtas soirbheachail a chuir a-staigh gu Tasgadh airson clasaichean dannsa. Bidh na clasaichean ùr a' tòiseachadh san Lùnastal.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC18	**A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.**	
	Tha neach-eagraiche aig ceithir de na Fèisean agam. Bidh mi a' cumail taic riutha tron bhliadhna a bharrachd air comataidhean na Fèise.	
AC20	**A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.**	
	Tha mi fhathast a riochdachadh FnG mar pairt de Chompàirteachas Ealain Oigridh na Gaidhealtachd agus gu tric, bidh mi a' bruidhinn ri Stacey Toner a tha a-nis ag obair mar Curriculum Development Employer Engagement Officer (Creative Industries) aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.	
AC21	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.**	
	Bidh mi a' frithealadh coinneamhan Bhlas mar riochdaire nam Fèisean nuair a tha e iomchaidh.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC23	**A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.**	
	Tha mi a' cumail taice ro-innleachdaile is pragtaigich ri ochd Fèisean anns na Gàidhealtachd, Mhoireibh agus Obar Dheathain. Bidh mi tric ag obair còmhla ris na h-oifigearan leasachaidh eile, gus fuasgladh fhaighinn air dragh agus gus cothroman a bharrachd a leasachadh dha Fèisean air feadh na dùthcha.	
AC26	**Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.**	
	Bidh mi a' cumail sùil air na cothroman trèanaidh a tha ann do luchd-eagrachaidh nam Fèisean agus a' sgoileadh fiosrachadh ma tha e iomchaidh.	
AC27	**Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.**	
	Bidh mi an lathair airson trènadh luchd-obrach ma tha e iomchaidh.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC30	**A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.**	
	Bidh mi a' toirt taic do na Fèisean agam leithid a' dèanamh eadar-theangaichean agus a' toirt cuideachadh dhaibh a bhith a' fastadh tuitearan le Gàidhlig. Bidh mi a' sireadh taic bhon sgioba leasachaidh nuair a tha e iomchaidh.	
AC31	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh.**	
	Tha na Fèisean ag obair air planaichean airson na Chèilidhean air Chuairt 2019 an-dràsta agus feumaidh na foirmichean-iarrtais aca a' bhith staigh gu Feisean nan Gàidheal an seachdain seo. Bha coinneamh fòn agam le Rachel Walker san Fhaoilleach airson an NPA a' leasachadh airson a bhliadhna seo agus bidh mi ag obair air seo anns na mìosan ri tighinn. Bidh Fèis Alba a' tachairt anns a' Phloc bho 8 gu 12mh den Iuchar.	
AC32	**A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.**	
	Faic AC21	
AC33	**A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.**	

	Fhuair da-fhichead òigear bho na Fèisean cothrom sonraichte a' bhith chluich aig fosgladh Celtic Connections san Fhaoilleach.
AC34	**A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, no far an gabhadh cothroman a chruthachadh.**
	Airson an ath pàirt den Iomlaid againn bidh a' bhuidheann bho Eireann a' tighinn gu Inbhir Nis a-rithist anns an t-ÒgMhios. Chuir mi iarrtas soirbheachail a-staigh gu Colmcille airson 2019/20 san Fhaoilleach agus fhuair sinn taic-airgid airson tachartas còmhnaidh a' ruith ann an Uibhist aig deireadh na bliadhna cuideachd.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte	
Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.	
AC36	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.**
	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair leis an TDFS mar pàirt den residency 'First Footing' agus mar phàirt de na sin bidh mi an sàs ann an seisean trèanaidh airson duine a tha teagaisg dannsa aig Fèisean aig deireadh na mìos seo.
AC37	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.**
	Dh' obraich mi leis an Sgoiba Leasachaidh anns na mìosan a dh'fhalbh airson trì seiseanan trèanaidh Gàidhlig airson oidean nam Fèisean a chuir air doigh. Thachair a' chiad fhear ann an Inbhir Narainn air 2na latha den Gearran agus an dàrna fear ann an Glaschu seachdain às dèidh sin. Bidh am fear mu dheireadh a' tachairt san Òban sa Mhàirt.
AC41	**A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.**
	Bidh compàirtichean na Cèilidhean air Chuairt , gu h-airidh na feadhainn a tha deanamh an NPA ùr, a' faighinn tòrr còthroman airson na sgilean cleasachd aca a' leasachadh.
AC47	**Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.**
	Chuir mi air iarrtas gu Royal Edinburgh Military Tattoo Youth Development Fund airson deireadh-seachdain de clasaichean-maighstireachd. 'S e tachartas-còmhnaidh a bhios ann agus bi pàirt dhe a chumail ann an Gàidhlig, ma bhios an iarrtas soirbheachail.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.	
AC51	**A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.**
	Leantainneach
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil	
InG7	**Eadar-theangachaidhean agus dearbhadh Gàidhlig do dh' Fhèisean.**
	Bidh mi ag obair le Fèis a' Bhaile airson eadar-theangachadh a'deanamh air an làrach-lin aca.
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	
InG12	**Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.**
	Faic AC7
InG13	**Taic leantainneach ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean.**
	FaicAC1, 2, 7, 8, 9, 10, 11, 18, 23, 26
InG14	**A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh.**
	Faic AC23
InG16	**A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.**
	Faic AC8
InG20	**Taic shònraichte a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.**
	Faic AC10
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh	
InG21	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas**

	ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.	
	Faic AC36	
InG22	**Pròraman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stiùireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.**	
	Faic AC26, 27	
InG23	**A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga**	
	Faic AC41	
